

# Dè cho math 's a tha ar buidheann treas earrainn?

Goireas luachaidh

# Clàr-innse

- 01 | Ro-ràdh
- 03 | A' Cleachdadh an fhrèam-obrach seo
- 06 | Dè cho math 's a tha ar buidheann treas earrainn? diagram den fhrèam-obrach

## Slatan-tomhais deagh-ghnè (Qlan)

- 08 | QI 1.1 Leasachaidhean ann an coileanadh
- 10 | QI 1.2 Cumail ri prionnsabalan reachdail agus coileanadh dhleastanasan reachdail
- 12 | QI 2.1 Buaidh air na daoine còmhla ris a bheil sinn ag obair
- 15 | QI 2.2 Buaidh air na buidhnean dha bheil sinn a' toirt taic
- 18 | QI 3.1 Buaidh air luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach
- 21 | QI 4.1 Buaidh air coimhearsnachdan
- 24 | QI 4.2 Conaltradh leis a' choimhearsnachd san fharsaingeachd
- 27 | QI 5.1 A' libhrigeadh sheirbheisean
- 29 | QI 5.2 In-ghabhail, co-ionannachd agus cothromachd
- 32 | QI 6.1 Planadh, sgrùdadh poileasaidh agus leasachadh agus com-pàirteachas le luchd-ùidh ann am prìomh phròiseasan
- 35 | QI 8.1 Ag obair ann an com-pàirteachas
- 38 | QI 8.2 Rianachd ionmhais, stòrais, eòlais agus fiosrachaidh
- 41 | QI 9.1 Lèirsinn, luachan agus amasan
- 44 | QI 9.2 Dreuchd urrasairean, bùird agus comataidhean riaghlaidh
- 46 | QI 9.3 A' stiùireadh dhaoine is a' leasachadh chom-pàirteachasan
- 48 | QI 9.4 A' daingneachadh leasachadh ann an càileachd is buaidh sheirbheisean

## Pàipear-taic

- 51 | Pàipear-taic 1: Beag-fhaclair
- 52 | Pàipear-taic 2: Ceanglaichean feumail
- 54 | Pàipear-taic 3: Frèam-obrach airson Luachadh Càileachd Sheirbheisean is Bhuidhnean (Frèam-obrach Farsaing)
- 57 | Pàipear-taic 4: Tuilleadh mu fhèin-mheasadh; 3 prìomh cheistean; 3 prìomh cho-phàirtean, triantanachadh
- 60 | Pàipear-taic 5: An sgèile sia-puing
- 62 | Pàipear-taic 6: Diagram prìomh cheist

## Ro-ràdh

Tha mi air leth toilichte an goireas ùr fèin-luachaidh seo a mholadh dhuibh gus taic a thoirt don treas earrainn. Tha Riaghaltas na h-Alba dealasach mu bhith a' togail comas an treas earrainn gus fèin-luachadh airson leasachadh a choileanadh.

Tha buidhnean treas earrainn nam pàirt bhunaiteach de chom-pàirteachas nas fharsaing, a bhios a' libhrigeadh raon de sheirbheisean do chlann, inbhich, teaghlachan agus coimhearsnachdan. Tha an goireas seo *Dè cho math 's a tha ar buidheann treas earrainn?* (HGIOTSO?) mar sin, air gabhail ris an Fhrèam-obrach airson Luachadh Càileachd Sheirbheisean is Bhuidhnean<sup>1</sup> a tha coitcheann don mhòr-chuid de sheirbheisean poblach agus air am bi a' mhòr-chuid de bhuidhnean saor-thoileach eòlach agus cleachdte. Tha na frèaman-obrach air fad a tha air an leasachadh le Foghlam Alba air an stèidheachadh fon fhrèam-obrach fharsaing seo. Mar sin, tha HGIOTSO? a' co-roinn cànan agus bunait coitcheann le frèaman-obrach fèin-luachaidh eile aig Foghlam Alba a' gabhail a-steach *Dè cho math 's a tha an sgoil againn?*, *Dè cho math 's a tha ionnsachadh agus leasachadh coimhearsnachd?* agus *Dè cho math 's a tha cultar agus spòrs?* Tha na frèaman-obrach sin air fad air am bunaiteachadh air sia ceistean a tha cudromach do sheirbheis sam bith am freagairt.

1. Dè na prìomh bhuilean a tha sinn air a choileanadh?
2. Dè a' bhuidheann a tha air a bhith againn ann a bhith a' coinneachadh ri feuman ar luchd-ùidh?
3. Dè cho math 's a tha libhrigeadh nam prìomh phròiseasan?
4. Dè cho math 's a tha rianachd obrachaidh?
5. Dè cho math 's a tha ceannardas ro-innleachdail?
6. Dè an comas a tha againn airson leasachadh?

Tha slatan-tomhais deagh-ghnè ann an *Dè cho math 's a tha buidheann treas earrainn?* a' foillseachadh a' cho-theacsa sa bheil na buidhnean treas earrainn ag obair. Tha na slatan-tomhais deagh-ghnè a' cuimseachadh gu sònraichte air buaidh sheirbheisean treas earrainn.

Tha an cudrom air buaidh agus builean a' daingneachadh a' phrionnsabail nach eil fèin-luachadh leis fhèin na cheann-uidhe. Chan eil feum ann mura lean e air adhart gu leasachadh. Tha e air a dhealbh gus buidhnean a chuideachadh a bhith a' luachadh an coileanaidh agus a bhith a' comharrachadh phrìomhachasan airson gnìomhan.

---

<sup>1</sup> <https://www.education.gov.scot/what-we-do/inspection-and-review/about-inspections-and-reviews/principles-and-frameworks/Key%20documents>

Bu mhath leam aithne a thoirt do na tabhartasan air leth luachmhor a rinneadh le raon fharsaing de dhaoine fa leth agus de bhuidhnean treas earrainn ann a bhith a' leasachadh an fhrèam-obrach seo. Tha e cudromach gum bi e air a ghabhail thuca fhèin leis an fheadhainn a bhios ag amas air a bhith ga chleachdadh airson fèin-luachadh a bhios a' leantainn air adhart gu leasachadh deagh chàileachd.

Ainm-sgrìobhte

*Bill Maxwell*

Bill Maxwell

Ceannard Foghlam Alba

# A' Cleachdadh an fhrèam-obrach seo

## Carson a chleachdadh tu an goireas seo

- Tha e a' cuideachadh bhuidhnean agus chom-pàirteachasan tuigsinn dè a tha iad a' dèanamh gu math agus na nithean a b' urrainn dhaibh a dhèanamh na b' fheàrr.
- Bheir e taic dhan bhuidheann agad tuigsinn agus leasachadh a thoirt air a' bhuidhne a bhios aige.
- Tha e a' toirt taic do luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach<sup>2</sup> aig a h-uile ìre, fàs nas misneachail le fèin-luachadh.
- Tha e an-asgaidh.
- Tha e a' toirt dhut ceistean dùbhlain gus conaltradh a bhrosnachadh.
- Faodaidh tu pàirt den ghoireas a chleachdadh no an goireas air fad.
- Faodaidh e a bhith air a chleachdadh an cois ghoireasan luachaidh eile.
- Tha briathrachas ann a tha a rèir a' bhriathrachais a tha ann an fhrèaman-obrach eile a chaidh a leasachadh le Foghlam Alba.

## Nota mun fhacal 'fèin-luachadh'

Tha am facal seo air a chleachdadh gus dèiligeadh ris an dòigh sa bheil daoine fa leth, buidhnean agus sa chùis seo buidhnean agus com-pàirteachasan a' sgrùdadh an adhartais, an leasachaidh agus an cleachdaidh gus comharrachadh dè a tha air a thighinn air adhart agus dè a tha fhathast a' cur feum air a leasachadh. Is e dòigh a tha ann air fianais a chleachdadh gus coileanaidhean agus soirbheachas a mheasadh agus raointean a tha feumach air tuilleadh obrach. Chan eil e uair sam bith mar cheann-uidhe ann fhèin ach na dhòigh air a thighinn gu buaidhean deimhinneach air na daoine agus air na coimhearsnachdan leis a bheil thu ag obair.

## Mar a chleachdar e

Mar a sheallas tu tron sgrìobhainn chì thu grunnan shlatan-tomhais deagh-ghnè a tha a' cuimseachadh air raointean sònraichte airson an leasachadh. Cuidichidh iad thu ann a bhith a' comharrachadh neartan ann an obair na buidhne agad agus raointean airson an leasachadh. Cuidichidh iad thu a bhith a' tuigsinn an eadar-dhealachaidh a tha thu a' dèanamh agus na nithean a dh'fheumas tu a dhèanamh an dèidh seo. Tha iad air an dealbh gus taic a thoirt dhut ann a bhith a' beachdachadh air dè cho math 's a tha thu a' cleachdadh ghoireasan agus bheachdan bho àiteachan eile agus a' planadh airson atharrachaidhean a bhios a' tighinn.

## Anns gach slat-tomhais deagh-ghnè gheibhear:

- Aithris choitcheann agus cuspairean gus innse dhut mu na nithean ris a bheil e a' dèiligeadh.
- Ceistean dùbhlain a dh'fhaodas tu a chur ort fhèin.

---

<sup>2</sup> Faic Pàipear-taic 1: Beag-fhaclair a' mìneachadh nan teirmean a tha air an cleachdadh tron fhrèam-obrach seo.

- Eisimpleirean de fhianais a dh'fhaodadh tu a chruinneachadh an uair a bhiodh tu a sgrùdadh neartan na buidhne agad agus raointean airson an leasachadh agus measadh a dhèanamh air am buaidh.
- Dealbh a thoirt air cò ris a dh'fhaodadh *glè mhath* a bhith coltach. Tha na dealbhan sin air an toirt gus eisimpleirean de dh'fhianais is cleachdadh a thabhann, gun a bhith gu tur ioma-chuimseach, no gun a bhith air a chleachdadh mar liosta-sgrùdaidh.

## A' tòiseachadh

Faodaidh tu tòiseachadh le slat-tomhais deagh-ghnè sam bith agus faodaidh tu coimhead riutha ann an òrdugh sam bith. Cha leig thu a leas gach slat-tomhais deagh-ghnè a chleachdadh, ach tha iad a' ceangal ri chèile agus le bhith a' coimhead ri barrachd air aon no dhà gheibh thu tuigse nas fharsaing air buaidh na buidhne agad. Bidh cuid de bhuidhnean a' taghadh tòiseachadh le bhith a' toirt sùil air a h-uile aon de na slatan-tomhais deagh-ghnè. Tro bhith a' dèanamh seo tha iad a' sònrachadh nam feadhainn as iomchaidh dhaibh an sgrùdadh nas mionaidiche.

Bidh feadhainn as dòcha airson tòiseachadh le slat-tomhais deagh-ghnè shònraichte, mar eisimpleir, dh'fhaodadh buill bùird<sup>3</sup> fhaighinn feumail tòiseachadh le slat-tomhais deagh-ghnè 'Dreuchd urrasairean, bùird agus comataidhean riaghlaidh' (9.6). Dh'fhaodadh buidhnean aig a bheil e mar phrìomh dhleastanas taic a thoirt do bhuidhnean eile tòiseachadh leis an t-slat-tomhais deagh-ghnè 'Buaidh air na buidhnean do bheil sinn a' toirt taic'<sup>4</sup> (2.2). Dh'fhaodadh tu a bhith airson tòiseachadh le Slat-tomhais a tha a' toirt dùbhlain dhut, no le raon anns a bheil thu a' faireachdainn nas misneachail. Bidh cuid de bhuidhnean agus chom-pàirteachasan a' dèiligeadh ri ceistean dùbhlain a bhios iad a' faireachdainn a bhrosnaicheas deasbad agus a thòisicheas cùisean.

Mura h-eil thu fhathast cinnteach mun dòigh anns an tòisich thu thoir sùil air na sgrùdaidhean-cùise air an làraich-lìn (ceangal gu h-àrd). Cùm fios rinn agus innis dhuinn mun dòigh sa bheil thu air a bhith a' cleachdadh a' ghoireis seo agus cuir thugainn molaidhean airson a leasachadh. Ma tha ceistean sam bith agad no fiosrachadh a tha thu airson a thoirt, cuir fios gu Foghlam Alba air [HGIOTSO@educationscotland.gov.uk](mailto:HGIOTSO@educationscotland.gov.uk).

## Cò a bu chòir a bhith an sàs?

Is urrainn dhan h-uile duine a bhith an sàs ann am fèin-luachadh. Mar as trice is e an dòigh as fheàrr air goireas fèin-luachaidh a chleachdadh tar-roinn farsaing de dhaoine bhon bhuidhinn agad a bhith an sàs. Dh'fhaodadh tu cuideachd a bhith airson com-pàirtichean eile agus luchd-ùidh eile a bhith an sàs.

<sup>3</sup>, <sup>3</sup> agus <sup>4</sup> *Faic Pàipear-taic 1: : Beag-fhaclair a' mìneachadh nan teirmean a tha air an cleachdadh tron fhrèam-obrach seo.*

## Cò dha a tha e?

Faodaidh e a bhith air a chleachdadh le neach sam bith san treas earrainn<sup>5</sup>, neach saor-thoileach, neach-obrach no neach ùidh sam bith eile. Tha e air a dhealbh gus taic a thoirt do bhuidhnean treas earrainn de mheud sam bith, bho fheadhainn bheaga gu feadhainn mhòra, ionadail no nàiseanta. Dh'fhaodadh e cuideachd a bhith air a chleachdadh le feadhainn ann an com-pàirteachasan tar-earrainn.


Chan eil sùileachadh sam bith ann gum feum buidhnean am frèam-obrach seo a chleachdadh airson fèin-luachadh agus leasachadh planaidh. Tha siostaman agus pròiseasan glè mhath nan àite a-cheana aig mòran bhuidhnean treas earrainn airson luachadh a dh'fhaodas iad cumail orra a' cleachdadh.

Tha eisimpleirean air làrach-lìn Foghlam Alba den dòigh anns a bheil cuid de bhuidhnean air slatan-tomhais deagh-ghnè a chleachdadh:

<https://education.gov.scot/improvement/frwk3hgiorthirdsector>

# Dè cho math 's a tha buidheann treas earrainn? diagram frèam-obrach

Tha am frèam-obrach deagh-ghnè seo air ullachadh fo thri prìomh cheistean. Tha na ceistean sin a rèir nam feadhainn a tha san Fhrèam-obrach airson Luachadh Càileachd Sheirbheisean is Bhuidhnean (Faic Pàipear-taic 3), gu tric air ainmeachadh mar Am Frèam-obrach Farsaing, a tha coitcheann do mhòran sheirbheisean poblach agus saor-thoileach.



Dh'fhaodadh gum mothaich an fheadhainn agaibh a tha eòlach air an Fhrèam-obrach Farsaing gu bheil cuid de na Slatan-tomhais Deagh-ghnè san fhrèam-obrach seo eadar-dhealaichte bhon fheadhainn a tha air an ainmeachadh ann. Tha seo airson a bhith a' gabhail a-steach nam feumalachdan eadar-dhealaichte san earrainn seo. Tha an liosta seo ann am Pàipear-taic 3 a' sealltainn dè an t-slat-tomhais san fhrèam-obrach seo a tha a' ceangal ri slat-tomhais shònraichte san fhrèam-obrach fharsaing.



Na Slatan-tomhais

deaghn-ghnè



## Dè na prìomh bhuilean a tha sinn air a choileanadh?

### 1.1 Leasachaidhean ann an coileanadh

Tha an t-slat-tomhais seo a' buntainn ri coileanaidhean na buidhne. Tha i co-cheangailte ri coileanadh na buidhne san fharsaingeachd agus mar a tha am buidheann a' cruinneachadh, a' dèanamh anailis agus a' cleachdadh dàta airson leasachadh. Tha i a' gabhail cunntas air dè cho math 's a tha am buidheann a' coileanadh an aghaidh amasan, bhuilean agus thargaidean.

#### Cuspairean

- A' cruinneachadh, a' dèanamh anailis agus a' cleachdadh fiosrachaidh airson leasachadh a dhèanamh.
- Càileachd ghnìomhan.
- Coileanadh an aghaidh amasan, bhuilean agus thargaidean.

#### Ceistean dùbhlain

- Dè cho math 's a tha sinn a' taghadh an fhiosrachaidh a tha sinn a' cruinneachadh? Ciamar a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' cruinneachadh fiosrachaidh a tha iomchaidh do ar prìomhachasan agus ar planaichean?
- Dè cho math agus dè cho cunbhalach 's a tha sinn a' cleachdadh fiosrachaidh thar na buidhne?
- Dè cho math 's a tha sinn a' cleachdadh fiosrachadh coileanaidh gus cur ri planadh san àm ri teachd?
- Dè na buaidhean deimhinneach agus na buannachdan nas fharsaing a tha am fiosrachadh a tha sinn air a chruinneachadh a' comharrachadh?
- Dè a tha am fiosrachadh ag innse dhuinn mu ghluasadan thar ùine? Ciamar a bhios sinn a' cleachdadh an fhiosrachaidh seo mu ghluasadan gus planadh airson leasachadh?
- A bheil sinn math air a bhith a' co-roinn ar fiosrachaidh taobh a-staigh na buidhne, le com-pàirtichean agus le luchd-ùidh? Ciamar a bhios sinn a' dèanamh seo?
- Gu dè an ìre gu bheil sinn a' tomhas-measaidh agus a' cleachdadh fiosrachadh coimeasach gus planadh airson leasachadh?
- Dè cho math 's a tha sinn a' coileanadh an aghaidh ar n-amasan, builean agus thargaidean? Ciamar a tha fios againn?

#### Bidh fianais air builean taisbeanach a' gabhail a-steach ach neo-chuingealaichte dha:

- Fiosrachadh a' comharrachadh leasachaidhean ann am beatha dhaoine còmhla ris a bheil sinn ag obair<sup>6</sup>, mar eisimpleir, a' cosnadh prìomh sgilean, a' meudachadh neo-eisimeileachd, a' leasachadh chàirdeasan pearsanta.
- Fiosrachadh coileanaidh a' comharrachadh shochairdean ann an raointean iomchaidh, mar eisimpleir, lùghdachaidhean ann an eucoir, leasachadh slàinte

<sup>6</sup> Faic Pàipear-taic 1: Briathrachas a' mìneachadh nan teirmean a tha air an cleachdadh san fhrèam-obrach seo

agus sunnd, beachdan seaghail/cleachdadh in-ghabhalach, seasmhachd àrainneachail.

- Glusadan co-cheangailte ris na bun-raointean a tha air an targaideachadh. Faodaidh seo a bhith a' gabhail a-steach fiosrachadh com-pàirteachais a tha a' sealltainn cò a tha na seirbheisean a' ruighinn.
- Tomhas-measaidh agus fiosrachadh com-pàirteachais eile a' sealltainn cho math 's a tha am buidheann a' coileanadh ann an coimeas ri feadhainn eile.
- Builean a ghabhas an tomhais bho phlanaichean ro-innleachdail, gnothachais agus obrachail.
- A' coinneachadh ri no a' dol thar builean agus thargaidean planaichte.

### **Dealbh de glè mhath**

- Tha fiosrachadh coileanaidh a' sealltainn gu bheil sinn a' leasachadh beatha dhaoine leis a bheil sinn ag obair agus ann an cuid de shuidheachaidhean a' choimhearsnachd nas fharsainge.
- Tha fiosrachadh coileanaidh a' sealltainn gu bheil sinn a' dèanamh leasachaidhean leantainneach agus seasmhach.
- Bidh sinn a' cruinneachadh agus a' cleachdadh fiosrachaidh gu h-èifeachdach gus buaidhean a chomharrachadh, glusadan thar ùine a shealltainn agus tomhas-measaidh a dhèanamh. Tha dàta mu bhuidhean, ghluasadan agus thomhasan-measaidh a' comharrachadh ìre àrd de choileanadh.
- Thar na buidhne, agus ag obair le com-pàirtichean, bidh sinn a' cleachdadh fiosrachaidh gu cunbhalach gus planadh airson leasachadh fhiosrachadh. Tha seo a' leasachadh builean do na daoine còmhla ris a bheil sinn ag obair.
- Bidh sinn a' coinneachadh gu cunbhalach, agus ann an cuid de shuidheachaidhean a' dol thar nan amasan àrd-amasach, nam builean agus nan targaidean a bhios sinn a' suidheachadh.
- Bidh luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach, com-pàirtichean agus luchd-ùidh eile a' tuigsinn dè cho math 's a tha am buidheann againn a' coinneachadh ri amasan, a builean agus a thargaidean. Bidh sinn uile a' cleachdadh an fhiosrachaidh seo gu h-èifeachdach gus ar cleachdadh san là an-diugh agus san àm ri teachd fhiosrachadh.
- Tha sinn air leth soirbheachail ann an cuideachadh bhuidhnean air an targaideachadh agus a bhith a' cuideachadh feadhainn leis a bheil sinn ag obair gus faighinn thairis air bacaidhean. Tha ìrean conaltraidh seasmhach no a' sìor fhàs an lùib bhuidhnean coimhearsnachd agus dhaoine fa leth a tha air an targaideachadh. Tha buidhnean mì-leasaichte agus mion-chuid air an deagh thargaideachadh leis a' bhuidhinn.

Qlan san fhrèam-obrach seo	Ceangailte ri frèam-obrach farsaing Qlan
1.1 Leasachaidhean ann an coileanadh	1.1 Leasachaidhean ann an coileanadh

## Dè na prìomh bhuilean a tha sinn air a choileanadh?

### 1.2 Cumail ri prionnsabalan reachdail agus coileanadh dhleastanasan reachdail

Tha an t-slat-tomhais seo co-cheangailte ri dè cho math 's a tha am buidheann a' coinneachadh ri riatanasan reachdais agus riaghlaidh agus còdan cleachdaidh agus a' dèiligeadh ri stiùireadh agus poileasaidhean. Tha i cuideachd a' sgrùdadh na dòigh anns a bheil am buidheann a' planadh airson atharrachaidhean ann an reachdas, riaghailtean, poileasaidhean, stiùireadh agus còdan cleachdaidh. Tha i cuideachd a' coimhead ri coileanadh ionmhasail, agus bu chòir dhan seo a bhith air a leughadh làimh ri QI 8.2 Rianachd ionmhais, stòrais, eòlais agus fiosrachaidh.

#### Cuspairean

- Gèilleadh ri reachdas, riaghladh agus còdan cleachdaidh.
- Freagairteachd agus planadh airson atharrachadh ann an reachdas, riaghailtean, còdan cleachdaidh, stiùireadh agus poileasaidhean.
- Breithneachadh mu fhrèaman-obrach reachdail nas fharsainge, poileasaidhean agus prìomh dhràibhearan iomchaidh eile.
- Coileanadh ionmhasail eile.

#### Ceistean dùbhlain

- A bheil sinn mothachail dè an reachdas, riaghailtean agus còdan cleachdaidh a dh'fheumas sinn cumail ris? Ciamar a nì sinn cinnteach gun cùm sin suas ris na h-atharrachaidhean?
- Ciamar a tha fios againn gun cùm sinn ris an reachdas, riaghailtean agus còdan cleachdaidh? Ciamar a dhearbhas sinn sin?
- Dè cho math 's a tha sinn a' gabhail cunntas air reachdas nas fharsaing, poileasaidhean agus dràibhearan eile a tha a' buntainn ri ar cleachdadh?
- Dè cho math 's a tha sinn a' coinneachadh phoileasaidhean agus stiùireadh iomchaidh?
- Dè cho math 's a tha sinn a' rianachd ar n-obair a rèir atharrachaidhean ann an reachdas, riaghailtean, còdan cleachdaidh, stiùireadh agus poileasaidhean.
- A bheil am bòrd-stiùiridh, an luchd-obrach air fad agus luchd-saor-thoileach mothachail air an uallachaidhean a thaobh reachdas, riaghailtean, còdan cleachdaidh, stiùireadh agus poileasaidh? A bheil iad uile a' dol a rèir na tha air iarraidh?
- A bheil sinn a' dol a rèir nam pròiseasan ionmhasail air fad gus coinneachadh ris na riatanasan reachdail, poileasaidh, an cleachdadh as fhèarr agus far a bheil e iomchaidh inbhe carthannais?
- A bheil ar pròiseasan rianachd buidseat agus co-dhùnaidhean ionmhasail a' toirt cothrom dhuinn coinneachadh san dòigh as fhèarr ri feumalachdan nan daoine leis a bheil sinn ag obair?

#### Bidh fianais air builean taisbeanach a' gabhail a-steach ach neo-chuingealaichte dha:

- Dàta uimhireil agus càileachdail bho chonaltraidhean le luchd-ùidh a' gabhail a-steach luchd-obrach, luchd-saor-thoileach, na daoine leis a bheil am buidheann ag obair, agus bùird-stiùiridh.

- Fianais de ghèilleadh ri reachdas, riaghailtean agus còdan cleachdaidh iomchaidh.
- Fianais de dh'obair a rèir poileasaidhean agus stiùireadh buntainneach.
- Fianais de bhreithneachadh mu reachdas, poileasaidhean agus dràibhearan nas fharsaing agus atharrachaidhean a thig air cleachdadh mar thoradh air sin.
- Fianais de phlanadh airson atharrachadh ann an reachdas, poileasaidh agus còdan cleachdaidh.
- Anailis de choileanadh ionmhasail, a' gabhail a-steach anailis air dàta agus lèirmheasan no sgrùdaidhean ionmhasail sam bith.

### **Dealbh de glè mhath**

- Bidh sinn a' coinneachadh ri agus/no a' dol thar riatanasan a tha air an cur an cèill ann an reachdas, riaghailtean agus còdan cleachdaidh.
- Tha am bòrd riaghlaidh, luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach aig a h-uile ìre, a' dol a rèir agus a' dol an sàs gu gnìomhach leis gach reachdas, poileasaidh agus còdan cleachdaidh iomchaidh.
- Tha siostaman againn nan àite gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn gu h-aithghearr a' fàs mothachail agus a' freagairt ri atharrachaidhean ann an reachdas, riaghailtean, còdan cleachdaidh, stiùireadh agus poileasaidh.
- Thar na buidhne agus nar com-pàirteachasan bidh sinn a' coinneachadh ri stiùireadh agus poileasaidh iomchaidh. Bidh seo a' toirt taic dhuinn gus builean a leasachadh.
- Bidh sinn ag obair a dh'ionnsaigh agus a' cur ri stiùireadh agus poileasaidhean ionadail agus nàiseanta.
- Tha coileanadh ionmhasail a' gabhail cunntas de dh'inbhean agus tùs-amasan ionadail agus nàiseanta. Tha na co-dhùnaidhean stiùireadh buidseit agus ionmhasail a bhios sinn a' dèanamh a' soilleireachadh feumalachdan ar buidhne agus nan daoine leis a bheil sinn ag obair, agus tha iad a' leantainn air adhart gu leasachaidhean soilleir ann am beatha dhaoine agus nan coimhearsnachdan.

Qlan san fhream-obrach seo	Ceangailte ri frèam-obrach farsaing Qlan
1.2 Cumail ri prionnsabalan reachdail agus riarachadh dhleastanasan reachdail	1.2 Cumail ri prionnsabalan reachdail agus riarachadh dhleastanasan reachdail

## Dè cho math 's a tha sinn a' coinneachadh ri feumalachdan ar luchd-ùidh?

### 2.1 Buaidh air na daoine còmhla ris a bheil sinn ag obair

Tha an t-slat-tomhais seo a' buntainn ris a' bhuidheann air na daoine còmhla ris a bheil am buidheann agad ag obair agus ann an cuid de chùisean ris a' choimhearsnachd san fharsaingeachd. Bidh i a' coimhead a bheil buaidh dheimhinneach agus sheasmhach aig na seirbheisean a tha air an lìbhrigeadh leis a' bhuidhinn air beatha nan daoine còmhla ris a bheil thu ag obair. Bidh i a' sgrùdadh gu dè an ìre gu bheil na daoine còmhla ris a bheil am buidheann ag obair an sàs ann a bhith a' toirt cumadh air an t-seirbheis. Bidh i cuideachd a' sgrùdadh gu dè an ìre gu bheil am buidheann a' ruighinn agus a' coinneachadh ri feumalachdan nan daoine a dh'fhaodadh a bhith air an cumail a-mach no a tha iomallaichte; a thaobh na cùis seo, bu chòir coimhead ri QI 5.2 In-ghabhail, co-ionannachd agus cothromachd.

#### Cuspairean

- An ìre gu bheil buaidh dheimhinneach agus sheasmhach aig a' bhuidhinn air beatha nan daoine leis a bheil e ag obair agus ann an cuid de chùisean air a' choimhearsnachd san fharsaingeachd.
- An ìre gu bheil na daoine còmhla ris a bheil am buidheann ag obair ag ràdh gu bheil iad riarachaidh leis an t-seirbheis na an taic a fhuair iad.
- An ìre gu bheil na daoine agus na buidhnean leis a bheil am buidheann ag obair gu gnìomhach an sàs ann a bhith a' cumadh nan seirbheisean a tha air an tabhann.
- An ìre gu bheil seirbheisean na buidhne a' coinneachadh ri feumalachdan nan daoine air fad a dh'fhaodadh a chleachdadh agus luchd-com-pàirt, a' gabhail a-steach feadhainn bho bhuidhnean co-ionannachd.

#### Ceistean dùbhlain

- Dè cho math 's a tha sinn a' coinneachadh ri feumalachdan nan daoine còmhla ris a bheil sinn ag obair? Dè an fhianais a tha againn gu bheil buaidh dheimhinneach agus sheasmhach againn air am beatha? Ciamar a tha fios againn air seo?
- Dè an ìre gu bheil na daoine còmhla ris a bheil sinn ag obair ag aithris gu bheil iad toilichte leis an t-seirbheis a fhuair iad? Ciamar a bhios sinn a' clàradh seo agus a bhios sinn a' dèiligeadh ri uallaichean sam bith a bhios na daoine còmhla ris a bheil sinn ag obair a' togail?
- Dè na buaidhean dheimhinneach a tha againn air a' choimhearsnachd san fharsaingeachd? Ciamar a tha fios againn?
- Dè an fhianais a tha againn gu bheil sinn a' dèiligeadh ri feumalachdan nan daoine còmhla ris a bheil sinn ag obair taobh a-staigh clàr-ama iomchaidh?
- Dè cho math 's a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil na daoine còmhla ris a bheil sinn ag obair an sàs ann a bhith a' dealbhadh agus a' leasachadh na seirbheis?
- Mar bhuidheann, dè cho math 's a tha sinn a' cur luach air, a' toirt taic do agus gu gnìomhach ag adhartachadh cothromachd, cothromas agus iomadachd? Ciamar a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil na daoine còmhla ris a bheil sinn ag obair air an dèiligeadh riutha gu cothromach agus gu co-ionann? Dè cho math 's a tha sinn ag adhartachadh co-ionannachd cothruim, a' cur às do leth-bhreith

agus ag àrach deagh dhàimhean?

- Dè a tha an dàta ag innse dhuinn mu bhuidhnean a tha fo-chom-pàirteachadh agus fo-ghnìomhachadh? Cò an fheadhainn leis nach eil sinn ag obair agus carson nach eil?
- A bheil siostaman èifeachdach againn airson a bhith a' tracadh trusadh, gleidheadh, coileanadh agus adhartas nan daoine còmhla ris a bheil sinn ag obair?

### **Bidh fianais air builean taisbeanach a' gabhail a-steach ach neo-chuingealaichte dha:**

- Fiosrachadh càileachdail a tha a' comharrachadh na h-ìre gu bheil buaidh dheimhinneach agus sheasmhach aig a' bhuidhinn air beatha dhaoine còmhla ris a bheil am buidheann ag obair. Faodaidh seo a bhith a' gabhail a-steach uimhreachd dhìreach, buidhnean cuimseachaidh, sgrùdaidhean cùise, fios air ais an dà chuid bho na daoine còmhla ris a bheil am buidheann ag obair agus prìomh luchd-ùidh nam beatha a' gabhail a-steach an teaghlaidhean.
- Fianais uimhireil a tha a' comharrachadh bhuidhean deimhinneach air beatha nan daoine còmhla ris a bheil am buidheann ag obair. Faodaidh seo a bhith a' gabhail a-steach reataichean com-pàirteachais, adhartas agus gluasadan thar ùine.
- Fiosrachadh càileachdail agus uimhireil a tha a' sealltainn na buaidh air a' choimhearsnachd san fharsaingeachd.
- Tha fianais a chaidh a chruinneachadh bho na daoine còmhla ris a bheil am buidheann ag obair a' comharrachadh na h-ìre de thoileachas.
- Suirbhidhean air an cur ri chèile agus air an sgrùdadh co-cheangailte ris an t-seirbheis a tha air a thabhann.
- Clàraidhean de dh'atharrachadh, adhartas, coileanadh. Faodaidh seo gabhail a-steach, ach gun a bhith air a chuingealachadh ri soirbheachasan, barantachadh a chaidh a choileanadh, agus adhartas gu seirbheisean eile leis na daoine còmhla ris a bheil am buidheann ag obair.
- Fiosrachadh air a chruinneachadh bho luchd-ùidh; a' gabhail a-steach com-pàirtichean, poblach, prìobhaideach agus buidhnean treas earrainn eile agus buidhnean coimhearsnachd.
- Fiosrachadh a' comharrachadh beachdachadh èifeachdach agus in-ghabhail dhaoine a dh'fhaodadh a bhith air an fho-riochdachadh, a' gabhail a-steach feadhainn bho bhuidhnean co-ionannachd.

### **Dealbh de glè mhath**

- Tha na tha sinn a' libhrigeadh gu soilleir a' coinneachadh ri feumalachdan agus tha buaidh dheimhinneach agus sheasmhach aige air beatha gach neach, no faisg air gach neach còmhla ris a bheil sinn ag obair.
- Tha buaidhean soilleir deimhinneach ann air a' choimhearsnachd san fharsaingeachd.
- Cha mhòr nach eil na daoine air fad còmhla ris a bheil sinn ag obair ag ràdh gu bheil iad riarichte leis an t-seirbheis no an taic a fhuair iad agus tha buaidh dheimhinneach agus sheasmhach aige air am beatha. Tha iad uile no an ìre mhath iad uile ag ràdh gun tàinig leasachadh soilleir air am beatha.
- Tha na daoine air fad còmhla ris a bheil sinn ag obair gu làidir an sàs ann an

dealbhadh na seirbheis agus ann an leasachadh agus tha seo a' leantainn air adhart gu atharrachaidhean follaiseach agus deimhinneach.

- Bidh sinn a' freagairt ri ceistean gu sgiobalta agus a' cleachdadh chlàran-ama iomchaidh ann am planadh agus libhrigeadh sheirbheisean.
- Tha fianais shoilleir ann gu bheil cothroman beatha bhuidhnean nas so-leònte air an leasachadh mar thoradh air ar dol an sàs gu dìreach no gu neo-dhìreach.
- Tha an t-seirbheis in-ghabhalach agus ag adhartachadh cothromachd, cothromas agus iomadachd. Bidh sinn ag obair le daoine fa leth agus buidhnean bho raon eadar-mheasgaichte de chùl-raointean. Bidh sinn a' dèiligeadh ri bacaidhean a thaobh com-pàirteachais agus feumalachdan dhaoine agus buidhnean fa leth aig a bheil dùbhlain, a' gabhail a-steach buidhnean co-ionannais agus feadhainn a tha a' dèiligeadh ri ioma-dhùbhlain agus tras-dhùbhlain. Bidh sinn ag obair gu gnìomhach gus cur às do leth-bhreith agus ag altram deagh dhàimhean.

Qlan san fhrèam-obrach seo	Ceangailte ri frèam-obrach farsaing Qlan
2.1 Buaidh air na daoine còmhla ris a bheil sinn ag obair	2.1 Buaidh air luchd-cleachdaidh na seirbheis Eileamaidean de 6.2 Com-pàirteachas luchd-cleachdaidh na seirbheis agus luchd-ùidh eile



## Dè cho math 's a tha sinn a' coinneachadh ri feumalachdan ar luchd-ùidh?

### 2.2 Buaidh air na buidhnean dha bheil sinn a' toirt taic

Tha an t-slat-tomhais seo a' buntainn ris a' bhuidhnean a tha aig a' bhuidhinn air na buidhnean dha bheil iad a' toirt taic. Tha i a' dèiligeadh ris na buidhnean sin a tha mar bhuidheann eadar-mheadhanach no os-eagrachail, aig a bheil buidhnean ballrachd no comas sam bith a bhith a' toirt taic do bhuidhnean eile. Tha i a' dèiligeadh ris an dòigh a tha am buidheann gu h-èifeachdach a' meudachadh comas nam buidhnean dha bheil iad a' toirt taic gus buaidh dheimhinneach agus sheasmhach a thoirt air beatha nan daoine còmhla ris a bheil iad ag obair. Bidh i a' coimhead ri conaltradh agus cumhachdachadh.

#### Cuspairean

- A' cur ri comas bhuidhnean eile leasachadh a dhèanamh.
- Càileachd conaltraidh
- Cumhachdachadh bhuidhnean a tha a' faighinn taic.

#### Ceistean dùbhlain

- Gu dè an ìre gu bheil sinn a' cur ann an dòigh dheimhinneach ri buaidh nam buidhnean sin dha bheil sinn a' toirt taic? Gu dè cho math 's a tha sinn a' toirt taic dhaibh gu bhith èifeachdach, tàbhachdach agus a bhith a' leasachadh an cleachdaidh? A bheil seo a' ciallachadh gum bi iad a' toirt bhuidhean dheimhinneach agus sheasmhach air na daoine còmhla ris a bheil iad ag obair? Dè an t-eadar-dhealachadh a bhios sinn a' dèanamh? Ciamar a tha fios againn?
- Dè cho math 's a tha sinn a' meudachadh comas sna buidhnean dha bheil sinn a' toirt taic gus;
  - buaidh agus cumadh a thoirt air co-dhùnaidhean ionadail agus nas fharsaing?
  - tuigse agus freagairt a thoirt do dh'atharrachaidhean agus prìomhachasan nàiseanta agus ionadail?
  - in-ghabhail, co-ionannachd agus cothromachd adhartachadh?
  - a bhith cruthachail, ùr-ghnàthach agus ag ionnsachadh bho rannsachadh agus dhaoine eile?
  - am buaidh a leasachadh?
  - planadh, sgrùdadh agus luachadh a chùim a bhith a' leasachadh builean?
- Dè cho math 's a tha sinn ga dhèanamh comasach do na buidhnean do bheil sinn a' toirt taic a bhith a' coinneachadh ris na dleastanasan laghail aca agus a bhith a' leantainn phoileasaidhean agus chòdan giùlain?
- Dè cho math 's a tha sinn a' conaltradh ris na buidhnean air fad do bheil sinn a' toirt taic? A bheil ar conaltradh cunbhalach agus ann an riochd a tha a rèir feuman gach buidheann dha bheil sinn a' toirt taic?
- Dè cho èifeachdach 's a tha na lìonraidhean a tha sinn a' cur air dòigh no dha bheil sinn a' toirt taic? Ciamar a tha fios againn?

### **Bidh fianais air builean taisbeanach a' gabhail a-steach ach neo-chuingealaichte dha:**

- Fianais chàileachdail agus uimhireil bho bhuidhnean a tha a' faighinn taic, gu bheil iad a' leasachadh builean mar thoradh air ar n-ion-chur.
- Suirbhidhean air an cur ri chèile agus air an sgrùdadh co-cheangailte ris na seirbheisean a tha am buidheann a' tabhann do bhuidhnean eile, a tha a' comharrachadh gu bheil leasachadh air a thighinn air buaidhean.
- Fianais chàileachdail air a chruinneachadh bho sgrùdadh dhìreach, buidhnean cuimseachaidh agus bho thùsan eile gu bheil buaidh dheimhinneach aig ar n-ion-chur air comas nam buidhnean dha bheil sinn a' toirt taic.
- Fianais a tha a' comharrachadh gu bheil am buidheann èifeachdach ann an comasachadh bhuidhnean eile a bhith sior bhuadhach ann am poileasaidh agus tighinn gu co-dhùnaidhean gu h-ionadail agus gu nàiseanta.
- Fianais a tha a' comharrachadh tuigse mheudaichte de agus gèilleadh do riatanasan reachdail, riaghailtean, còdan cleachdaidh, poileasaidhean agus stiùireadh le buidhnean dha bheil sinn a' toirt taic mar thoradh air ar n-ion-chur.
- Fianais gu bheil conaltradh èifeachdach agus de dh'àrd-chàileachd aig a' bhuidheann leis na buidhnean dha bheil e a' toirt taic. Fianais bho bhuidhnean a tha a' faighinn taic a tha a' sealltainn gu bheil subsaint iomchaidh sa chonaltradh agus a' coinneachadh ris na feumalachdan aca. Gabhaidh seo a-steach lionraidhean sam bith dha bheil am buidheann a' toirt taic no a' cur air dòigh.

### **Dealbh de glè mhath**

- Cha mhòr nach eil comas libhrigidh nas motha aig a h-uile buidheann, no an ìre mhath a h-uile buidheann dha bheil sinn a' toirt taic, mar thoradh air ar n-ion-chur. Tha seo ag adhbharachadh buaidhean deimhinneach agus seasmhach air na daoine còmhla ris a bheil iad ag obair.
- Tha tuigse shoilleir againn air feumalachdan nam buidhnean dha bheil sinn a' toirt taic agus mar thoradh air sin tha sinn a' toirt taic iomchaidh a bhios a' leasachadh cleachdaidh.
- Tha tuigse agus gèilleadh nas fheàrr aig na buidhnean air fad dha bheil sinn a' toirt taic air reachdas iomchaidh, riaghailtean, còdan cleachdaidh, poileasaidhean agus stiùireadh mar thoradh air ar n-ion-chur.
- Ann am pàirt mar thoradh air ar gnìomhan, bidh buidhnean dha bheil sinn a' toirt taic a' cur gu cunbhalach ri leasachaidhean ionadail agus nàiseanta far a bheil sin iomchaidh. Mar thoradh air ar gnìomhan tha iad eòlach air atharrachaidhean làithreach agus feadhainn a tha a' tighinn ann am prìomhachasan nàiseanta, reachdas agus poileasaidh.
- Bidh sinn a' conaltradh gu h-èifeachdach agus gu tàbhachdach ris na buidhnean dha bheil sinn a' toirt taic. Tha seo a' ciallachadh gum bi na buidhnean a' sior thuigsinn, a' cleachdadh agus a' co-roinn rannsachadh, deagh chleachdadh agus beachdan ùr-ghnàthach.
- Tha na buidhnean dha bheil sinn a' toirt taic deimhinneach mu na lionraidhean a bhios sinn a' cur air dòigh no dha bheil sinn a' toirt taic, agus is urrainn dhaibh an t-eadar-dhealachadh a shealltainn a tha na lionraidhean sin a' dèanamh a thaobh an cleachdaidh.

Qlan san fhrèam-obrach seo	Ceangailte ri frèam-obrach farsaing Qlan
2.2 Buaidh air na buidhnean dha bheil sinn a' toirt taic	2.1 Buaidh air luchd-cleachdaidh na seirbheis

## Dè cho math 's a tha sinn a' coinneachadh ri feumalachdan ar luchd-ùidh?

### 3.1 Buaidh air luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach

Tha an t-slat-tomhais seo a' cuimseachadh air an ìre gu bheil luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach a' faighinn taic agus ùghdarras gus seirbheisean de dh'àrd-chàileachd a libhrigeadh aig a bheil buaidh dheimhinneach air beatha nan daoine leis a bheil am buidheann ag obair. Bidh e a' coimhead ris an dòigh anns a bheilear a' cur luach air agus a' dèiligeadh ri luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach, buaidh nan cothroman a tha ann dhaibh a bhith ag ionnsachadh, a' leasachadh agus a' toirt air adhart an cleachdaidhean agus an ìre gu bheil iad da-rìribh an sàs ann a bhith a' stiùireadh na buidhne san là an-diugh agus sam àm ri teachd.

#### Cuspairean

An ìre gu bheil luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach:

- a' faighinn taic agus ùghdarras gus seirbheisean de dh'àrd-chàileachd a libhrigeadh;
- a' faireachdainn air am brosnachadh, misneachail agus gu bheilear a' cur luach annta agus air an dèiligeadh riutha gu cothromach;
- a' leasachadh an cleachdaidh tro chothrom riaghailteach air ionnsachadh càileachdail agus gnìomhan leasachaidh iomchaidh;
- ag obair ann an sgiobaidhean agus le com-pàirtichean gu h-èifeachdach; agus
- an sàs ann an co-dhùnaidhean mun bhuidhinn.

#### Ceistean dùbhlain

- Ciamar a bhios sinn a' toirt taic do ar luchd-obrach agus ar luchd-saor-thoileach air fad gus seirbheisean de dh'àrd-chàileachd a libhrigeadh? Ciamar a tha fios againn dè an t-eadar-dhealachadh a tha an taic seo a' dèanamh dhan luchd-obrach agus dha na daoine leis a bheil iad ag obair?
- Dè cho math 's a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach a' faireachdainn air am brosnachadh, misneachail agus gu bheilear a' cur luach annta agus gu bheil iad air an dèiligeadh riutha gu cothromach?
- Ciamar a bhios sinn a' trusadh, a' dèiligeadh ri agus, far a bheil e iomchaidh, ag àrdachadh luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach? A bheil na cleachdaidhean againn in-ghabhalach, cothromach agus a' coinneachadh ri riatanasan co-ionannachd a bhios a' leigeil leis a h-uile earrann den choimhearsnachd a bhith a' cur ris a' bhuidhinn againn?
- A bheil sinn a' gabhail deagh chùram do ar luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach? A bheil sinn a' dèanamh cinnteach nach eil neach sam bith a' fulang tuilleadh 's a chòir strì no cuideam no a' faireachdainn nach eilear gan cleachdadh gu ìre mhòr sam bith? Ciamar a tha fios againn?
- Ciamar a nì sinn cinnteach a thaobh ionnsachaidh agus leasachaidh;
  - gu bheil feuman air an comharrachadh agus air an dèiligeadh riutha?
  - gu bheil cothroman so-ruigsinneach do, agus a' coinneachadh ri feumalachdan an luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach air fad?
  - gu bheil gnìomhan a' leasachadh cleachdaidh?
  - gu bheil gnìomhan air an clàradh?
  - gu bheil builean air an sgrùdadh agus air an cleachdadh gus tuilleadh

leasachaidh a dhèanamh air buaidhean?

- Dè cho math 's a tha luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach ag obair ann an sgiobaidhean agus le com-pàirtichean? Ciamar a tha seo a' leasachadh bhuilean?
- Dè cho mòr 's a tha luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach an sàs ann a bhith a' cur ri co-dhùnidhean mun bhuidhinn? Dè an t-eadar-dhealachadh a tha seo a' dèanamh?
- Dè na siostaman a tha againn nan àite airson luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach a bhith a' toirt fios air ais? Dè cho èifeachdach 's a tha iad? Dè a tha iad ag innse dhuinn? Ciamar a bhios sinn a' cleachdadh fiosrachaidh a bhios air a chruinneachadh gus leasachaidhean a thoirt air adhart?

### **Bidh fianais air builean taisbeanach a' gabhail a-steach ach neo-chuingealaichte dha:**

- Freagairtean do cheisteachain luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach, suirbhidhean, buidhnean cuimseachaidh, coinneamhan agus agallamhan.
- Anailis de thrusadh luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach, dèiligeadh, adhartachadh agus cleachdadh de chothroman ionnsachaidh agus leasachaidh a' comharrachadh cothrom agus com-pàirteachais in-ghabhalach, cothromach agus co-ionann.
- Fianais uimhireil agus chàileachdail a' comharrachadh cleachdadh leasaichte mar thoradh air cothroman ionnsachaidh agus leasachaidh. Fianais a' comharrachadh eòlais, sgilean agus misneachd am measg luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach.
- Am buidheann a bhith a' faighinn dhuaisean le aithneachadh nàiseanta leithid Creideas nar Cosnaichean / Luchd-saor-thoileach.
- Fios air ais agus fiosrachadh a' clàradh buaidh obair sgioba agus com-pàirteachasan.
- Fios air ais bho luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach mu cho mòr 's a tha iad an sàs ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnidhean mu, agus a' toirt air adhart obair na buidhne.

### **Dealbh de glè mhath**

- Tha ar luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach air fad, no an ìre mhath air fad, a' tabhann sheirbheisean de dh'àrd-chàileachd agus tha seo a' leasachadh beatha nan daoine leis a bheil iad ag obair.
- Tha ar luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach air fad, no an ìre mhath air fad, brosnachail, misneachail agus a' faireachdainn gu bheil a' cur luach annta. Tha trusadh, dèiligeadh ri agus adhartachadh luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach in-ghabhalach, cothromach agus a' coinneachadh ri riatanasan co-ionannachd chothroman. Tha ar luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach a' faighinn deagh thaic agus cùraim.
- Tha cothrom aig ar luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach air fad air cothroman ionnsachaidh agus leasachaidh agus iad air fad, no an ìre mhath air fad, an sàs ann agus tha seo a' leasachadh an eòlais, an sgilean agus am misneachd. Tha gnìomhan ionnsachaidh agus leasachaidh a' leasachadh bhuidhean.
- Tha ar luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach a' gabhail uallach airson leantainn air adhart le leasachadh. Tha am beachdan agus an sgilean a' toirt

buaidh air an dòigh anns am bi am buidheann a' leasachadh càileachd a chuid obrach agus a bhuidh air na daoine leis a bheil e ag obair.

- Tha ar luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach ag obair gu math còmhla ann an sgiobaidhean agus com-pàirtichean. Ann am buidhnean nas motha tha seo a' gabhail a-steach luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach bhon h-uile ìre a' gabhail a-steach àrd luchd-obrach agus buill bùird ag obair gu h-èifeachdach còmhla.
- Tha ar luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach a' faireachdainn gu bheil iad air an cumhachdachadh agus a' cur ri co-dhùnaidhean mun bhuidhinn.

Qlan san fhream-obrach seo	Ceangailte ri frèam-obrach farsaing Qlan
3.1 Buaidh air luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach	3.1 Buaidh air luchd-obrach agus eileamaidean de 7.1 Rianachd agus cleachdadh luchd-obrach agus 7.2 Ionnsachadh proifeiseanta fad-dhreuchd

## Dè cho math 's a tha sinn a' coinneachadh ri feumalachdan ar luchd-ùidh?

### 4.1 Buidh air coimhearsnachdan

Tha an t-slat-tomhais seo co-cheangailte ris a' bhuidh dhìreach a tha aig a' bhuidhinn air coimhearsnachdan ge bith an e coimhearsnachdan cruinn-eòlach no coimhearsnachdan ùidh a tha annta. Tha e a' cuimseachadh air a bhith a' tomhas na h-ìre ìre gu bheil coimhearsnachdan nas làidir, nas seasmhaiche, nas taiceil, nas buadmhor agus nas in-ghabhalach mar thoradh air buil in-chur na buidhne. Tha e a' ceasnachadh dè an t-eadar-dhealachadh a tha na seirbheisean a tha am buidheann a' tabhann a' dèanamh a thaobh a bhith a' leasachadh choimhearsnachdan ionadail agus choimhearsnachdan ùidh.

#### Cuspairean

- Buill coimhearsnachd a tha misneachail, sgileil, gnìomhach agus buadmhor.
- Buill coimhearsnachd an sàs ann a bhith a' libhrigeadh sheirbheisean ionadail, far a bheil sin iomchaidh, a rèir tùs-amasan a chaidh a chomharrachadh.
- Lìonraidhean agus càirdeasan tarbhach le buidhnean eile.
- Buidhnean coimhearsnachd agus buidhnean le planadh èifeachdach, ullachaidhean stiùiridh agus luachaidh a tha in-ghabhalach agus a' cur luach air iomadachd sòisealta agus cultarail.

#### Ceistean dùbhlain

- Dè cho math 's a tha sinn a' toirt taic do choimhearsnachdan a bhith làidir, seasmhach, taiceil, buadmhor agus in-ghabhalach? Dè an t-eadar-dhealachadh a tha seo a' dèanamh?
- Dè na buaidhean deimhinneach a tha againn air na coimhearsnachdan dham bheil sinn a' toirt taic no air a bheil sinn a' toirt buaidh? Ciamar a tha fios againn?
- Dè cho math 's a tha sinn a' toirt taic do dhaoine agus do choimhearsnachdan gus an ceangal ri àite a neartachadh? Dè an fhianais a tha againn gu bheil ceangal dhaoine ri àite a' tighinn air adhart agus gu bheil buaidh dheimhinneach aig daoine air àite?
- Dè an fhianais a tha againn gu bheil na daoine agus na coimhearsnachdan leis a bheil sinn ag obair nas misneachail, sgileil agus gnìomhach mar thoradh air ar n-in-chur? A bheil iad nas buadmhor? Dè an fhianais a tha againn air seo?
- Dè cho soirbheachail 's a tha am buidheann againn ann a bhith a' toirt taic do dhaoine còmhla ris a bheil sinn ag obair gus seirbheisean a libhrigeadh nan coimhearsnachdan, stèidhichte air feum a chaidh a chomharrachadh? Dè cho math 's a tha sinn ag obair le coimhearsnachdan gus seirbheisean a libhrigeadh a tha coinneachadh ri feumalachdan nan daoine leis a bheil sinn ag obair?
- Dè an tabhartas a tha am buidheann againn air a dhèanamh a thaobh lìonrachadh nas fheàrr agus nas motha ann an coimhearsnachdan? Dè cho èifeachdach 's a tha na lìonraidhean sin? Dè cho mòr 's a tha na daoine leis a bheil sinn ag obair an sàs sna lìonraidhean sin?
- Dè cho èifeachdach 's a tha sinn ann a bhith a' toirt taic do na coimhearsnachdan leis a bheil sinn ag obair gus ceangal a dhèanamh leotha, buaidh a thoirt orra agus obrachadh ann an com-pàirteachas le buidhnean eile, a' gabhail a-steach seirbheisean poblach? Ciamar a bhios sinn a' tomhas seo?
- Dè cho math 's a tha sinn a' toirt taic do bhuidhnean coimhearsnachd agus



buidhnean gus an cuid obrach a phlanadh, a stiùireadh agus a luachadh, a bhith in-ghabhalach agus a' cur luach air iomadachd sòisealta agus cultarail? Dè an t-adhartas a tha sinn a' dèanamh le seo? Ciamar a tha fios againn?

### **Bidh fianais air builean taisbeanach a' gabhail a-steach ach neo-chuingealaichte dha:**

- Fianais chàileachdail, a' gabhail a-steach conaltradh le luchd-ùidh agus fios air ais bho bhuill bhon choimhearsnachd, bho bhuidhnean cuimseachaidh agus bho thùsan eile a tha a' comharrachadh buaidh dheimhinneach air coimhearsnachdan.
- Fianais uimhireil a tha a' sealltainn com-pàirteachas, cumail, coileanadh, adhartas agus cothrom air seirbheisean le daoine agus coimhearsnachdan còmhla ris a bheil am buidheann ag obair.
- Suirbhidhean air an cur ri chèile is anailis air a dhèanamh orra.
- Frithealadh aig lionraidhean.
- Clàran agus luachaidhean de dh'obair com-pàirteachais le buidhnean coimhearsnachd agus còmhlain le buidhnean agus seirbheisean eile a tha a' sealltainn an atharrachaidh dheimhinnich a tha co-obrachadh a' dèanamh.
- Clàran a tha a' sealltainn buaidh choimhearsnachdan dha bheil sinn a' toirt taic agus far a bheil iad air cur ri bhith tighinn gu co-dhùnaidhean.
- Fiosrachadh uimhireil agus chàileachdail a chomharraich comas leasaichte le coimhearsnachdan leis a bheil am buidheann ag obair, gus an obair a phlanadh, a stiùireadh agus a luachadh, a bhith in-ghabhalach agus a bhith a' cur luach air iomadachd sòisealta agus cultarail.

### **Dealbh de glè mhath**

- Tha na daoine leis a bheil sinn ag obair misneachail, sgileil agus gnìomhach nan coimhearsnachdan cruinn-eòlach no nan coimhearsnachdan ùidh.
- Tha na coimhearsnachdan leis a bheil sinn ag obair deagh fhiosraichte agus ag atharrachadh agus a' cumadh buaidh nan atharrachaidhean a tha a' bualadh air a' choimhearsnachd aca.
- Tha ceangal làidir aig na coimhearsnachdan leis a bheil sinn ag obair ri àite cruinn-eòlach agus tha buaidh dheimhinneach aca air.
- Tha na coimhearsnachdan leis a bheil sinn ag obair a' faighinn ùghdarrais agus gu gnìomhach an sàs mar cho-phàirtichean co-ionann le buidhnean poblach, prìobhaideach agus treas earrann. Tha obair ann an com-pàirteachas eadar na coimhearsnachdan leis a bheil sinn ag obair agus le feadhainn eile a' cur ri bhith a' leasachadh bhuidhean.
- Cha mhòr nach eil na coimhearsnachdan air fad dha bheil sinn a' toirt taic, far a bheil e iomchaidh, a' libhrigeadh sheirbheisean agus gnìomhan de dh'àrd-chàileachd a tha a' freagairt air feumalachdan a chaidh an comharrachadh agus an sgrùdadh gu h-iomchaidh a tha nam prìomhachas sa choimhearsnachd ùidh no chruinn-eòlach shònraichte sa bheil iad.
- Tha na coimhearsnachdan dha bheil sinn a' toirt taic fosgailte agus in-ghabhalach nam ballrachd. Bidh iad ag adhartachadh an gnìomhan gu h-èifeachdach agus a' cur fàilte air com-pàirteachas bho thar-earrann farsaing den coimhearsnachd.
- Bidh buidhnean coimhearsnachd a' cur luach air iomadachd ann an cùisean



sòisealta, ciorramachd, gnè, cinneadh, creideamh, claonadh gnèitheil, cànan agus cultar. Bidh iad a' dèanamh cinnteach gu bheil eadar-dhealachaidhean ann an co-ionannachd agus iomadachd a' gabhail a-steach factaran eaconamach a bhios ag adhbharachadh easbhaidh air an comharrachadh agus air an tuigse gu math. Thathar a' faighinn thairis air eadar-dhealachaidhean ann an co-ionannachd agus iomadachd a dh'fhaodadh a bhith nam bacaidhean do chom-pàirteachas.

Qlan san fhream-obrach seo	Ceangailte ri frèam-obrach farsaing Qlan
4.1 Buidh air coimhearsnachdan	4.1 Buidh air a' choimhearsnachd ionadail

## Dè cho math 's a tha sinn a' coinneachadh ri feumalachdan ar luchd-ùidh?

### 4.2 Dol an sàs leis a' choimhearsnachd san fharsaingeachd

Tha an t-slat-tomhais seo co-cheangailte ris a' bhuidheann a tha aig a' bhuidhinn air a' choimhearsnachd san fharsaingeachd agus mar a tha a' choimhearsnachd san fharsaingeachd a' toirt buaidh air a' bhuidhinn. Tha a' choimhearsnachd san fharsaingeachd a' ciallachadh coimhearsnachdan cruinn-eòlach agus coimhearsnachdan ùidh aig ìre roinneil, nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Bidh e a' coimhead a bheil am buidheann deònach gabhail ri beachdan ùra, ag ionnsachadh bho chleachdadh air leth ann an àitean eile, sùbailte agus deònach a bhith ag atharrachadh.

#### Cuspairean

- A' brosnachadh, a' toirt taic agus ag ionnsachadh bho chleachdadh cruthachail agus ùr-ghnàthach agus rannsachadh.
- A' toirt buaidh air poileasaidh no cleachdadh nas fharsaing.
- A' toirt ro-aithne agus a' dèiligeadh gu luath agus gu sùbailte ri atharrachadh.

#### Ceistean dùbhlain

- Dè cho math 's a tha sinn a' cleachdadh agus a' toirt taic do dhaoine eile a bhith a' cleachdadh beachdan ùra agus toraidhean rannsachaidh gus poileasaidhean agus cleachdaidhean a chumadh? Dè an diofar a tha seo a' dèanamh? Ciamar a tha fios againn?
- Dè cho math 's a tha sinn a' leasachadh agus a' co-roinn cleachdadh ùr cruthachail agus ùr-ghnàthach? Dè cho math 's a tha sinn ag ionnsachadh bho chleachdadh ùr-ghnàthach agus chruthachail dhaoine eile? Dè a' bhuidheann a tha aig seo?
- A bheil luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach a' faighinn ùghdarras a bhith cruthachail agus ùr-ghnàthach? A bheil cunnartan a tha an cois seo air an deagh stiùireadh? Dè cho math 's a tha sinn ag ionnsachadh bho agus a' co-roinn na tha sinn air ionnsachadh bho bhith an sàs ann an cleachdadh ùr?
- Gu dè an ìre gu bheil sinn a' toirt buaidh air poileasaidh agus cleachdadh aig ìre roinneil, nàiseanta agus eadar-nàiseanta? Dè an ìre gu bheil sinn a' toirt taic do fheadhainn eile gus buaidh a thoirt air poileasaidh agus cleachdadh aig ìrean roinneil, nàiseanta agus eadar-nàiseanta? Ciamar a tha fios againn?
- Dè cho math 's a tha sinn a' toirt ro-aithne agus a' planadh airson atharrachaidhean deamografach no eile? Dè cho sùbailte 's a tha sinn ann a bhith a' dèiligeadh ri atharrachaidhean ann an saoghal poileasaidh agus ri feumalachdan a tha a' tighinn am bàrr? Dè an ìre gu bheil seo a' leasachadh iomchaidheachd agus freagairteachd ar seirbheis?
- Dè cho math 's a tha stiùirichean sa bhuidhinn ag adhartachadh agus a' toirt taic do ùr-ghnàthachas, cruthachalachd agus planadh airson atharrachadh? Dè cho math 's a tha iad a' gabhail a-steach cunnart anns na h-atharrachaidhean agus na h-ùr-ghnàthachasan a tha air am moladh? Ciamar a tha fios againn?

#### Bidh fianais air builean taisbeanach a' gabhail a-steach ach neo-chuingealaichte dha:

- Dàta uimhireil agus chàileachdail bho chonaltraidhean le luchd-ùidh.

- Clàraidhean de raon de ro-innleachdan agus phrògraman ùr-ghnàthach agus chruthachail a tha a' toirt buaidh air agus a tha nas fharsaing na na seirbheisean a tha air an lìbhrigeadh leis a' bhuidhinn.
- Gnìomhan a thàinig o thùs às a' chleachdadh as fheàrr a chaidh a leasachadh ann an àiteigin eile.
- Fiosrachadh agus clàran a' sealltainn mar a tha cleachdadh ùr-ghnàthach, cruthachail agus air leth sònraichte agus rannsachadh air a cho-roinn. Fianais den bhuidhinn a th' aig seo.
- Fianais de thabhartasan buadmhor ri leasachaidhean nàiseanta agus eadar-nàiseanta.
- Dàta coileanaidh agus fiosrachadh eile a' sealltainn mar a bhios am buidheann a' comharrachadh, a' planadh airson, agus na freagairtean a thaobh atharrachaidh.

### **Dealbh de glè mhath**

- Tha sinn air tòiseachadh air raon de phrògraman ùr-ghnàthach agus chruthachail, mòran ann an com-pàirteachas le buidhnean eile. Tha iad sin, gu dìreach tro obair ghnìomhachail no gu neo-dhireach tro thaic do bhuidhnean com-pàirteachais, a' treòrachadh gu leasachaidhean cudromach ann am beatha nan daoine leis a bheil sinn ag obair, an teaghlach agus an coimhearsnachdan.
- Tha luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach air am brosnachadh gu gnìomhach a bhith ùr-ghnàthach agus cruthachail agus bidh cunnartan sam bith air am measadh gu faiceallach agus air an stiùireadh gu math.
- Tha mòran eisimpleirean de chleachdadh air leth sònraichte bho bhuidhnean agus bho àiteachan eile air an atharrachadh agus air an cleachdadh taobh a-staigh na buidhne. Tha eisimpleirean ann cuideachd de chleachdadh ùr-ghnàthach agus chruthachail a leasaich sinn air an cleachdadh le com-pàirtichean agus buidhnean eile.
- Bidh sinn a' cur ri raon de bhuidhnean roinneil, nàiseanta no eadar-nàiseanta a tha a' toirt buaidh air poileasaidh agus cleachdadh nàiseanta. Tha ar luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach buadmhor agus gu tric a' cur ri buidhnean comhairleachaidh nàiseanta agus leasachadh poileasaidh.
- Bidh sinn gu h-èifeachdach a' dèanamh ro-aithris air atharrachadh, a' measadh buaidh a dh'fhaodadh a bhith ann agus a' planadh a bhith a' coinneachadh gu h-èifeachdach ri atharrachadh ann am feumalachdan. Far a bheil e iomchaidh, bidh sinn a' toirt taic agus ag obair le buidhnean eile gus coinneachadh agus gabhail ri atharrachadh ann am feumalachdan.
- Bidh stiùirichean sa bhuidhinn a' toirt taic do chruthachalachd agus ùr-ghnàthachas gu h-èifeachdach. Bidh iad a' stiùireadh chunnartan a tha an cois nan atharrachaidhean a tha air am moladh agus ùr-ghnàthachas gu math. Tha ar luchd-obrach agus ar luchd-saor-thoileach thar na buidhne a' faighinn taic agus dùbhlàn a bhith ag ionnsachadh bho dheagh chleachdadh ann an àiteachan eile, a bhith a' co-roinn an deagh chleachdadh agus a' feuchainn a-mach dhòighean obrach ùra.

Qlan san fhrèam-obrach seo	Ceangailte ri frèam-obrach farsaing Qlan
4.2 Dol an sàs leis a' choimhearsnachd san fharsaingeachd	4.2 Buidh air a' choimhearsnachd nas fharsainge agus eileamaidean de 9.4 A' daingneachadh leasachadh ann an càileachd is buaidh

## Dè cho math 's a tha ar rianachd gnìomhachaidh?

### 5.1 A' libhrigeadh sheirbheisean

Tha an t-slat-tomhais seo co-cheangailte ri buntanas, freagarrachd agus càileachd nan seirbheisean a bhios am buidheann a' libhrigeadh do dhaoine fa leth, do bhuidhnean agus eile. Tha e a' sgrùdadh nan structaran agus nan ullachaidhean airson a bhith a' libhrigeadh seirbheis. Tha e a' toirt sùil nas mionaidich air dè cho math 's a tha am buidheann a' libhrigeadh sheirbheisean a rèir feumalachdan dhaoine eile, agus ann a bhith a' dèanamh seo a bhith cinnteach gu bheil ìre de shùbailteachd ann gus atharrachaidhean nach robh air am planadh a ghabhail a-steach. Tha e cuideachd a' sgrùdadh dè na siostaman a tha ann an àite gus fios air ais ceart agus firinneach a thoirt seachad. Tha a bhith a' cleachdadh aontaidhean libhrigidh seirbheis aontaichte agus siostaman leasachaidh càileachd air an gabhail a-steach cuideachd.

#### Cuspairean

- Seirbheisean a tha air an libhrigeadh gu cunbhalach chun na h-ìre as àirde.
- Seirbheisean a tha air an deagh phlanadh agus a rèir feum a chaidh a chomharrachadh.
- Modhan-obrach sùbailte agus so-fhreagarrach a thaobh libhrigidh seirbheis.
- Aontaidhean a' cur sheirbheisean a tha gu bhith air an toirt seachad an cèill gu soilleir.
- Tomhasan leasachadh càileachd èifeachdach.
- Seirbheisean air an libhrigeadh taobh a-staigh chlàran-ama aontaichte agus taobh a-staigh a' bhuidseit.
- Cleachdadh èifeachdach de fhios air ais neach-ùidh gus cur ri leasachaidhean ann an libhrigeadh seirbheis.

#### Ceistean dùbhlain

- Ciamar a bhios sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil na seirbheisean againn air an libhrigeadh gu cunbhalach gu ìre àrd, taobh a-staigh chlàran-ama aontaichte agus taobh a-staigh bhuidseatan. Dè an fhianais a tha ann gu bheil sinn soirbheachail le seo?
- Ciamar a tha fios againn gu bheil na seirbheisean a tha sinn a' libhrigeadh a rèir feumalachdan nan daoine no nam buidhnean leis a bheil sinn ag obair? Dè cho luath agus cho èifeachdach 's a tha sinn ag atharrachadh libhrigeadh na seirbheis gu bhith a rèir fheumalachdan a tha ag atharrachadh no a' nochdadh às ùr?
- Dè cho mionaideach 's a tha ar n-aontaidhean libhrigeadh seirbheis? Dè cho làidir 's a tha sinn ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' cur an gnìomh tomhasan leasachaidh de dheagh chàileachd a thaobh libhrigeadh seirbheis?
- Dè cho math 's a tha sinn a' planadh nan seirbheisean a tha sinn a' libhrigeadh? Dè cho tric 's a bhios sinn a' suidhe sìos còmhla ris na daoine leis a bheil sinn ag obair agus a' dèanamh lèirmheas air adhartas a rèir nan amasan a chaidh aontachadh?
- Dè an luach a tha sinn a' cur air fios air ais bho dhaoine leis a bheil sinn ag obair agus luchd-ùidh eile? Dè cho math 's a bhios sinn a' cleachdadh an

fhiosrachaidh seo gus leasachadh a dhèanamh air na seirbheisean a tha sinn a' libhrigeadh?

**Bidh fianais air builean taisbeanach a' gabhail a-steach ach neo-chuingealaichte dha:**

- Clàran anailis de dh'fhiosrachadh uimhireil agus chàileachdail tron robh na feumalachdan air an comharrachadh agus adhartas air a sgrùdadh.
- Càileachd planaichean libhrigidh na seirbheis, aontaidhean seirbheis agus tomhasan leasachaidh càileachd aontaichte.
- Fios air ais bho luchd-ùidh agus bho na daoine leis a bheil am buidheann ag obair mu chàileachd na seirbheis a chaidh a thabhann.
- Suirbhidhean riarachais luchd-ùidh air an cur ri chèile agus air an sgrùdadh.
- Lèirmheasan de dh'adhartas a' comharrachadh gu bheilear a' coinneachadh ri amasan a chaidh aontachadh taobh a-staigh chlàran-ama agus bhuidseatan a chaidh a phlanadh.

**Dealbh de glè mhath**

- Tha sinn soirbheachail ann a bhith a' cumail suas agus ann an cuid de chùisean a bhith a' leasachadh càileachd libhrigidh na seirbheis gu ìre àrd.
- Tha seirbheisean stèidhichte air feumalachd a chaidh a chomharrachadh air an libhrigeadh gu soirbheachail taobh a-staigh nan clàran-ama agus nam buidseatan a chaidh aontachadh.
- Tha structar nan seirbheisean libhrigidh air am fìor dheagh phlanadh, sùbailte agus a' so-fhreagairt air atharrachadh agus a' gabhail a-steach taobhan de chleachdadh ùr-ghnàthach.
- Tha aontaidhean mionaideach nan àite. Tha iad sin a' cur an cèill sònraich nan seirbheisean a thathar a' libhrigeadh. Tha tomhasan leasachaidh càileachd làidir air an aontachadh agus air an cur an gnìomh.
- Bidh am buidheann gu riaghailteach a' sireadh fios air ais bho luchd-ùidh agus bho chom-pàirtichean mun t-seirbheis a tha air a libhrigeadh. Bithear ga cur an gnìomh sa bhad. Bithear a' cur mòran cudrom air riarachas dheimhinneach luchd-dèilig.

Qlan san fhream-obrach seo	Ceangailte ri frèam-obrach farsaing Qlan
5.1 A' libhrigeadh sheirbheisean	5.1 A' libhrigeadh sheirbheisean

## Dè cho math 's a tha ar rianachd gnìomhachaidh?

### 5.2 In-ghabhail, co-ionannachd agus cothromachd

Tha an t-slat-tomhais seo co-cheangailte ri dè cho math 's a tha am buidheann a' cur às do leth-bhreith, ag adhartachadh co-ionannachd cothruim agus ag altram deagh chàirdeasan le bhith a' dèanamh cinnteach à àrainn in-ghabhalach a tha ag adhartachadh in-ghabhail de coimhearsnachd, buidheann agus neach fa leth, a' gabhail sùim de dh'eadar-dhealachaidhean sòisealta, cultarail agus eaconamach. Bidh e cuideachd a' sgrùdadh dè cho math 's a tha am buidheann ag adhartachadh cothromachd, co-ionannachd agus iomadachd.

#### Cuspairean

- Modhan-obrach a thaobh in-ghabhalachd.
- Ag aithneachadh buaidh dearbh-aithne agus fèin-fhiosrachaidhean de leth-bhreith agus dùnadh a-mach agus a' gabhail sùim den seo an uair a bhithear a' planadh agus a' libhrigeadh sheirbheisean.
- A' sònrachadh agus a' lùghdachadh bhacaidhean a thaobh cothrom agus com-pàirteachas a' gabhail sùim de dh'eadar-dhealachaidhean sòisealta, cultarail agus eaconamach agus na feartan a tha air an dìon.<sup>7</sup>
- A' toirt dùbhlain do chlaon-bhreith agus leth-bhreith.
- Ag adhartachadh agus a' cur luach air cothromachd, co-ionannachd agus iomadachd.

#### Ceistean dùbhlain

- Dè cho math 's a tha sinn ann a bhith a' dèanamh cinnteach à in-ghabhalachd? Ciamar a tha fios againn?
- Dè cho èifeachdach 's a tha sinn ann a bhith comharrachadh agus a' toirt air falbh bhacaidhean a thaobh cothrom agus com-pàirteachas? Dè cho èifeachdach 's a tha sinn ann a bhith ag aithneachadh agus a bhith a' gabhail cunntas de dhearbh-aithne agus fèin-fhiosrachaidhean de bhacaidhean a thaobh com-pàirteachais?
- A bheil fhios againn cò a tha a' cleachdadh ar seirbheisean agus cò nach eil? Dè cho èifeachdach 's a tha sinn a' sgrùdadh agus a' dèiligeadh ri cùisean com-pàirteachais a' gabhail a-steach eadar-dhealachaidhean sòisealta, cultarail agus eaconamach agus a' cleachdadh nam feartan air fad a tha air an dìon? Dè cho èifeachdach 's a tha sinn a' cuimseachadh na h-obrach againn gus ruighinn air a h-uile neach a dh'iarradh sinn a ruighinn? Ciamar a tha fios againn?
- Dè cho math 's a tha sinn a' toirt dùbhlain do chlaon-bhreith? Dè cho math 's a tha sinn ag obair gus cur às do leth-bhreith? Dè cho math 's a tha sinn ag altram deagh chàirdeasan? Ciamar a tha fios againn?
- Dè cho math 's a tha sinn ag adhartachadh agus a' cur luach air cothromachd, co-ionannachd agus iomadachd? Ciamar a tha fios againn?
- A bheil ar planaichean ro-innleachdail, gnothachais agus obrachaidh a' dèanamh cinnteach gu bheil cothromachd agus co-ionannachd mar phàirt de gach taobh de ar n-obair?

<sup>7</sup> Faic Pàipear-taic 1: Briathrachas a' mìneachadh nan teirmean a tha air an cleachdadh san fhrèam-obrach seo

- Dè cho math 's a tha sinn a' cur fàilte air agus a' comharrachadh iomadachd? Ciamar a tha fios againn?
- Dè cho math 's a tha sinn a' coinneachadh ar dleastanasan laghail a thaobh a bhith a' cur às do leth-bhreith, ag adhartachadh co-ionannachd cothruim agus ag altram deagh chàirdeasan? (faic ceangal-lìn gu EHRC ann am Pàipear-taic 2)

### **Gabhaidh fianais de bhuilean a ghabhas an comharrachadh a-steach ach cha bhi e air a chuingealachadh ri:**

- Dàta a tha a' sealltainn cò a tha a' com-pàirteachadh agus cò nach eil agus atharrachaidhean an dèidh a bhith gnìomhach ann a bhith a' dèiligeadh ri fo-chom-pàirteachas le buidhnean sònraichte no pàirtean den choimhearsnachd.
- Fios air ais uimhireil no càileachdail bho raon de luchd-ùidh a' gabhail a-steach bho fheadhainn aig a bheil feumalachdan agus fèin-fhiosrachaidhean nach eil cho aithnichte.
- Fianais de phlanadh agus gnìomhan èifeachdach gus coinneachadh ri feumalachdan fheadhainn a dh'fhaodadh a bhith air an iomallachadh no air an cumail a-mach. Fianais de bhith a' ruighinn bhuidhnean a tha air an cuimseachadh.
- Dàta a tha a' toirt fiosrachadh mu shoirbheachas seirbheis no buidhne ann a bhith a' cumail suas no a' leasachadh in-ghabhail, co-ionannachd agus cothromachd.
- Tha luachadh bho chothroman ionnsachaidh agus leasachaidh a' nochdadh gu bheil luchd-saor-thoileach agus luchd-obrach nas fheàrr air a bhith a' toirt air adhart in-ghabhail, co-ionannachd agus cothromachd, a' toirt dùbhlann do leth-bhreith agus ag altram deagh chàirdeasan.
- A' sgrùdadh phlanaichean a tha a' toirt fianais air dealas agus gnìomh ag altram deagh chàirdeasan, co-ionannachd agus iomadachd.
- Clàran a tha a' comharrachadh gnìomh gus dèiligeadh ri claon-bhreith agus gus cur às do leth-bhreith.

### **Dealbh de glè mhath**

- Tha feallsanachd agus cleachdadh làidir de in-ghabhalachd a' dol tro gach pàirt den bhuidhinn aig a h-uile ìre. Thathar a' dèiligeadh ris na daoine leis a bheil sinn ag obair ann an dòigh chothromach agus le urram. Cha bhi eadar-dhealachaidhean sòisealta, cultarail agus eaconamach, aois, ciorramachd, ath-bhuileachadh gnè, pòsadh agus com-pàirteachas sìobhalta, leatromachd agus màthaireachd, cinneadh, creideamh agus cràbhachd, gnè agus claonadh gnèitheil nam bacaidhean a thaobh com-pàirteachais agus coileanaidh.
- Tha luchd-obrach, luchd-saor-thoileach agus buill bùird aig a h-uile ìre, soilleir mu agus a' gabhail os làimh dhreuchdan agus uallaichean a thaobh in-ghabhail, co-ionannachd agus cothromachd. Bidh iad gu gnìomhach a' sireadh a bhith a' cur às do leth-bhreith, a bhith ag adhartachadh co-ionannachd cothruim agus ag altram deagh chàirdeasan.
- Bidh sinn gu gnìomhach a' sireadh agus a' dèiligeadh ri fios air ais bho luchd-ùidh a' gabhail a-steach dhaoine aig a bheil feumalachdan agus fèin-fhiosrachaidhean nach eil air an aithneachadh ro mhath agus gus ar comas a leasachadh a thaobh a bhith cothromach agus in-ghabhalach agus neo-



ionannas a lùghdachadh.

- Bidh sinn a' sònrachadh agus a' faighinn thairis air bacaidhean gus com-pàirteachas, adhartas agus coileanadh a chomasachadh. Bidh seo a' gabhail a-steach taic taobh a-staigh sheirbheisean co-choitcheann agus taic a bharrachd a tha air a chuireadh.
- Bidh sinn ag adhartachadh agus a' comharrachadh co-ionannachd, cothromachd agus iomadachd gu h-èifeachdach anns a h-uile taobh de ar n-obair.
- Bidh sinn a' toirt dùbhlann do chlaon-bhreith agus leth-bhreith gu h-èifeachdach.

Qlan san fhream-obrach seo	Ceangailte ri frèam-obrach farsaing Qlan
5.2 In-ghabhail, co-ionannachd agus cothromachd	5.3 In-ghabhail, co-ionannachd agus cothromachd

## Dè cho math 's a tha ar rianachd gnìomhachaidh?

### 6.1 Planadh, sgrùdadh poileasaidh agus leasachadh agus com-pàirteachas le luchd-ùidh ann am prìomh phròiseasan

Tha an t-slat-tomhais seo co-cheangailte ri rianachd obrachaidh prìomh phròiseasan. Tha e a' toirt sùil air rianachd agus lèirmheas air poileasaidhean agus planaichean taobh a-staigh na buidhne. Tha e a' rannsachadh càileachd, co-leantaileachd agus buaidh planaidh, sgrùdaidh, luachaidh agus ullachaidhean rianachd an dà chuid taobh a-staigh na buidhne agus a tha air an co-roinn le com-pàirtichean. Tha e cuideachd a' coimhead ri com-pàirteachas luchd-ùidh ann an leasachadh agus lèirmheas phoileasaidhean agus phlanaichean. Tha e tric na chuideachadh a bhith a' leughadh seo ri taobh QI 9.1 Lèirsinn, luachan agus amasan.

#### Cuspairean

- Rianachd obrachaidh èifeachdach.
- Soilleireachd, iomchaidheachd agus co-leanailteas de phoileasaidhean agus phlanaichean.
- Ceanglaichean ri lèirsinnean, luachan agus amasan agus prìomhachasan ionadail agus nàiseanta nas fharsaing.
- A' leasachadh, a' cur an cèill agus a' luachadh phoileasaidhean agus phlanaichean.
- A' leasachadh planadh air an taobh a-staigh agus le buidhnean agus seirbheisean com-pàirteachais.
- Com-pàirteachas gnìomhach le luchd-ùidh sna prìomh phròiseasan.

#### Ceistean dùbhlain

- Dè cho math 's a tha ar rianachd obrachaidh a' cur ri sinn a bhith a' meudachadh na buaidh dheimhinnich agus sheasmhaich a tha againn air beatha nan daoine leis a bheil sinn ag obair?
- A bheil poileasaidhean soilleir, iomchaidh agus ro-leantainneach againn gus ar gnìomhan a stiùireadh? Dè an t-eadar-dhealachadh a tha iad a' dèanamh?
- Dè cho math 's a tha ar planaichean obrachaidh a' ceangal ri planaichean ro-innleachdail, lèirsinn, luachan agus amasan na buidhne agus ri prìomhachasan ionadail agus nàiseanta nas fharsainge?
- Dè cho math 's a tha planaichean obrachaidh a' toirt taic do luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach a bhith a' tuigsinn dè a tha air iarraidh orra agus mar a tha an gnìomhan a' cur ri planaichean ro-innleachdail agus gnothachais agus ri lèirsinn, luachan agus amasan na buidhne agus ri prìomhachasan ionadail agus nàiseanta nas fharsainge?
- Dè cho èifeachdach 's a tha ar modhan airson a bhith a' leasachadh, a' cur an cèill agus a' luachadh phlanaichean thar na buidhne agus le com-pàirtichean? Dè cho èifeachdach 's a tha in-chur chom-pàirtichean a thaobh planaidh?
- Dè cho math 's a tha sinn a' planadh airson leasachadh an dà chuid taobh a-staigh na buidhne agus le com-pàirtichean? Ciamar a tha fios againn? Dè an leasachadh a tha air a thighinn mar thoradh air seo? Dè cho math 's a tha sinn a' cleachdadh fiosrachadh mu choileanadh gus fiosrachadh a thoirt agus sgrùdadh a dhèanamh air ar plana?

- Dè cho math 's a tha sinn a' cleachdadh luchd-ùidh ann a bhith a' cruthachadh, a' sgrùdadh agus a' lèirmheas ar poileasaidhean agus planaichean? Ciamar a sheallas sinn seo?

### **Bidh fianais air builean taisbeanach a' gabhail a-steach ach neo-chuingealaichte dha:**

- Poileasaidhean agus planaichean soilleir, iomchaidh, ro-leantainneach, èifeachdach agus co-cheangailte a bhios ag altachadh gu math thar na buidhne agus le prìomhachasan ionadail nas fharsaing agus nàiseanta.
- Anailis de dh'fhiosrachadh coileanadh a bhios a' comharrachadh builean a ghabhas an tomhais a rèir phlanaichean ro-innleachdail agus obrachaidh.
- Clàran de phlanaichean, a' gabhail a-steach feadhainn a chaidh an leasachadh le com-pàirtichean, a bhith air an sgrùdadh agus an luachadh gu riaghailteach leis a' chom-pàirteachas. Fiosrachadh a' comharrachadh mar a bheir na lèirmheasan sin buaidh air planadh agus cleachdadh san àm ri teachd.
- Fios air ais bho luchd-ùidh a tha a' comharrachadh gu bheil iad a' tuigsinn agus a' cur ri poileasaidhean agus planaichean.

### **Dealbh de glè mhath**

- Pròiseasan obrachaidh rianachd èifeachdach a' cur ris a' bhuidhinn a bhith a' leasachadh beatha nan daoine leis a bheil sinn ag obair ann an dòigh dheimhinneach agus sheasmhach.
- Tha poileasaidhean soilleir, iomchaidh agus ro-leantainneach againn a bhios a' stiùireadh ar gnìomhan agus a' toirt taic do luchd-obrach, luchd-saor-thoileach agus luchd-ùidh eile gus taic a thoirt do builean.
- Planaichean obrachaidh a tha a' ceangal gu soilleir ri planaichean ro-innleachdail agus gnothachais. Tha iad a' toirt taic do ar gnìomhan gus a bhith air an libhrigeadh gu tàbhachdach, gu h-èifeachdach agus gu soilleir.
- Tha planaichean obrachaidh soilleir, iomchaidh agus ro-leantainneach. Mar thoradh air seo gu ìre, tha luchd-obrach, luchd-saor-thoileach agus luchd-ùidh eile a' tuigsinn an dreuchdan agus an uallaichean agus mar a tha an gnìomhan a' cur ri planaichean ro-innleachdail agus gnothachais, ri lèirsinn, luachan agus amasan na buidhne agus prìomhachasan ionadail nas fharsaing agus nàiseanta. Tha ar luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach aig a h-uile ìre a' libhrigeadh a rèir planaichean nam buidhnean.
- Tha siostaman làidir aig a' bhuidhinn againn nan àite gus planaichean a leasachadh, a bhuileachadh agus a luachadh thar na buidhne agus taobh a-staigh chom-pàirteachasan. Tha seo a' gabhail a-steach amasan agus prìomhachasan soilleir a bhith aca, a' gabhail a-steach feadhainn a tha air an cur an cèill ann an grunnan aontaidhean maoineachaidh, a tha stèidhichte sna planaichean aca. Bidh modhan aithris a' libhrigeadh fios air ais mu choileanadh de dh'ìre àrd a rèir nan cuimsean agus nam prìomhachasan sin.
- Tha am buidheann a' planadh airson leasachadh gu h-èifeachdach an dà chuid taobh a-staigh na buidhne agus le com-pàirtichean. Tha fiosrachadh mu choileanadh a' biathadh a-steach do phlanaichean ùra. Mar thoradh air sin tha coileanadh a' tighinn am feabhas.
- Tha àite gnìomhach aig luchd-ùidh ann a bhith a' cruthachadh, a' sgrùdadh agus a' dèanamh lèirmheas air poileasaidhean agus planaichean.

Qlan san fhream-obrach seo	Ceangailte ri frèam-obrach farsaing Qlan
6.1 Planadh, sgrùdadh poileasaidh agus leasachadh agus com-pàirteachas le luchd-ùidh ann am prìomh phròiseasan	Eileamaidean de 6.1 Sgrùdadh poileasaidh agus leasachaidh, 6.2 Com-pàirteachas luchd-cleachdaidh na seirbheis agus luchd-ùidh eile 6.3 Planadh de phrìomh phròiseasan

## Dè cho math 's a tha ar rianachd gnìomhachaidh?

### 8.1 Ag obair ann an com-pàirteachas

Tha an t-slat-tomhais seo co-cheangailte ri dreuchd na buidhne ann a bhith ag adhartachadh, a' misneachadh agus a' gabhail os làimh obair com-pàirteachais èifeachdach. Faodaidh seo a bhith a' gabhail a-steach dè cho èifeachdach 's a tha am buidheann an uair a bhios e gu mòr an sàs ann a bhith a' leasachadh chom-pàirteachasan. Bidh e a' coimhead air an dòigh a bhios com-pàirteachas a' leasachadh bhuidheannan. Bidh e cuideachd a' sgrùdadh mhodhan-obrach èifeachdach agus chothromach taobh a-staigh chom-pàirteachasan.

#### Cuspairean

- Leasachadh agus adhartachadh chom-pàirteachasan.
- Soilleireachd adhbharan, amasan, dreuchdan agus uallachaidhean taobh a-staigh com-pàirteachais, a' gabhail a-staigh aontaidhean ìre seirbheis agus maoinachaidh.
- Co-roinn air sgilean, eòlas agus fèin-fhiosrachadh thar chom-pàirtichean agus chom-pàirteachasan gus leasachadh a thoirt air builean. Ag ionnsachadh bho chom-pàirteachasan èifeachdach eile.
- Co-phlanadh agus co-luachadh a tha a' toirt taic do bhuadhan cearta agus a tha a' dèanamh cinnteach gu bheil an com-pàirteachas a' leasachadh luaidh.

#### Ceistean dùbhlain

- Dè cho math 's a tha sinn gu gnìomhach a' sireadh, ag adhartachadh agus a' freagairt gu deimhinneach ri com-pàirteachasan a dh'fhaodadh a bhith comasach, a leanas air adhart gu builean nas fheàrr do na daoine leis a bheil sinn ag obair?
- An uair a bhithear ann an dreuchd stiùiridh, gu h-ionadail no gu nàiseanta, dè cho èifeachdach 's a tha sinn ann a bhith a' toirt taic do dhaoine eile gu bhith a' dol an sàs ann, a' cur ri, a' tuigsinn agus a' faighinn buannachd bho chom-pàirteachasan? Ciamar a tha fios againn?
- Dè cho soilleir 's a tha na h-aontaidhean com-pàirteachais a tha againn, a' gabhail a-steach feadhainn le luchd-maoineachaidh? Dè cho math 's a tha sinn a' leasachadh agus ag aontachadh ri prìomhachasan co-roinnte le com-pàirtichean? Dè cho math 's a tha sinn a' planadh, a' sgrùdadh agus a' luachadh ar n-obair le com-pàirtichean?
- Dè cho soilleir 's a tha na h-adhbharan, amasan, dreuchdan agus uallaichean sna com-pàirteachasan againn air a bhith air an co-phàirteachadh ri luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach, an dà chuid taobh a-staigh na buidhne againn agus thar a' chom-pàirteachais? Ciamar a tha fios againn?
- Dè cho math 's a tha sinn a' co-roinn sgilean, eòlais agus fèin-fhiosrachaidh thar chom-pàirtichean agus chom-pàirteachasan? Dè an leasachadh a tha a' tighinn air builean mar thoradh air seo? Ciamar a tha fios againn?
- Dè cho math 's a tha sinn ag ionnsachadh bho chom-pàirteachasan soirbheachail? Ciamar a bhios sinn a' cleachdadh an fhiosrachaidh seo ann an com-pàirteachasan anns a bheil sinn?
- Dè cho math 's a tha sinn a' planadh, a' sgrùdadh agus a' luachadh taobh a-staigh nan com-pàirteachasan? A bheil sinn soilleir dè an luach leasaichte a tha

an lùib gach com-pàirteachais agus dè an diofar a tha e a' dèanamh do na daoine leis a bheil sinn ag obair? A bheil modhan againn airson a bhith a' sgrùdadh bhuidhean? A bheil fios againn dè a tha sinn air a chur ris gach com-pàirteachas anns a bheil sin?

- Dè cho math 's a tha sinn ag obair le com-pàirtichean gus planadh airson an ama ri teachd agus gus coinneachadh ri feumalachdan a tha ag atharrachadh agus a' nochdadh? Dè an diofar a tha seo a' dèanamh do bheatha nan daoine leis a bheil sinn ag obair? Ciamar a tha fios againn?

### **Bidh fianais air builean taisbeanach a' gabhail a-steach ach neo-chuingealaichte dha:**

- Fianais chàileachdail mu cho-obrachadh èifeachdach ann an com-pàirteachas, a' gabhail a-steach fios air ais bho gach com-pàirtiche a tha an sàs, a' comharrachadh an eadar-dhealachaidh a tha an com-pàirteachas a' dèanamh do na daoine leis a bheil am buidheann ag obair.
- Aontaidhean com-pàirteachais a tha soilleir, a tha luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach a' cleachdadh agus a tha air an sgrùdadh agus air an luachadh gu riaghailteach.
- Fianais air a chruinneachadh bho chonaltraidhean le luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach aig a h-uile ìre, gu bheil iad soilleir mu na dreuchdan aca agus mu na tha iad a' cur ris na com-pàirteachasan.
- Fianais bho chom-pàirtichean mu èifeachdas na buidhne gus feadhainn eile a dhèanamh comasach agus a cho-òrdanachadh ann an com-pàirteachas sam bith sa bheil dreuchd stiùiridh aig a' bhuidhinn.
- Com-pàirtichean ag ionnsachadh bho chàch a chèile a tha gu tric a' leantainn air adhart gu builean nas fheàrr do chlann, daoine òga, inbhich, teaghlaicean agus coimhearsnachdan.
- Soilleireachd na fianais a tha a' sealltainn nam buaidhean air com-pàirtichean eadar-dhealaichte a thaobh nam buaidhean a tha an lùib a bhith ag obair ann an com-pàirteachas.

### **Dealbh de glè mhath**

- Tha com-pàirtichean soilleir mu na dreuchdan agus na tabhartasan aca ann a bhith a' coileanadh buil phlanaichte. Aontaidhean com-pàirteachais a' stèidheachadh frèam-obrach anns a bheil co-obrachadh eadar com-pàirtichean air a dheagh stèidheachadh.
- Tha dol an sàs agus conaltradh eadar com-pàirtichean riaghailteach, structaraichte, taiceil agus èifeachdach.
- Tha am buidheann an sàs gu gnìomhach ann am planadh, libhrigeadh, sgrùdadh agus luachadh air co-phròiseactan. Tha na co-phròiseactan sin ag adhbharachadh leasachadh air seirbheisean do na daoine leis a bheil iad ag obair agus a' tabhann luach airson an airgid.
- Tha luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach a' tuigsinn an dreuchdan agus an uallaichean taobh a-staigh chom-pàirteachasan. Tha iad a' sior shireadh chothroman airson adhartas agus leasachadh sa h-uile com-pàirteachas. Tha iad soilleir mun dòigh as fheàrr air an ùine a chosg taobh a-staigh chom-pàirteachasan gus na buaidhean as fheàrr fhaighinn do luchd-cleachdaidh na seirbheis, an teaghlaicean agus an coimhearsnachdan.

- Far a bheil e iomchaidh tha am buidheann a' solarachadh ceannardais làidir agus tha e na dheagh eisimpleir do bhuidhnean eile a thaobh togail, cumail suas agus luachadh obrach ann an com-pàirteachas gus builean a leasachadh.
- Tha am buidheann ag ionnsachadh bho dheagh obair ann an com-pàirteachas ann an àiteachan eile agus a' cleachdadh seo gus an obair aca fhèin ann an com-pàirteachas àrdachadh.

Qlan san fhrèam-obrach seo	Ceangailte ri frèam-obrach farsaing Qlan
8.1 Ag obair ann an com-pàirteachas	8.1 Ag obair ann an com-pàirteachas

## Dè cho math 's a tha ar rianachd gnìomhachaidh?

### 8.2 Rianachd ionmhais, stòrais, eòlais agus fiosrachaidh

Tha an t-slat-tomhais seo co-cheangailte ris a' bhuidhinn a bhith a' gabhail modh-obrach dìon agus mionaideach ann an rianachd bhuidseatan agus modh-obrach iomairteach a thaobh a bhith a' sireadh maoineachaidh. Tha e co-cheangailte ri comas bhuidhnean a bhith a' rianachd ionmhais, ghoireasan, eòlais agus fiosrachaidh gus seirbheisean èifeachdach agus tàbhachdach a lìbhrigeadh a bheir buaidh dheimhinneach air daoine fa leth, teaghlachan agus coimhearsnachdan. Far a bheil am buidheann ag obair mar eadar-mheadhanair no bròcair tha e cuideachd co-cheangailte ris a' chomas a tha aca a bhith a' rianachd cleachdadh maoin gus buaidhean deimhinneach a lìbhrigeadh.

#### Cuspairean

- Coileanadh ionmhasail a' gabhail a-steach: suidheachadh bhuidseatan, iomairt a thaobh bhith a' faighinn maoineachaidh, rianachd cunnairt agus seasmhachd.
- Dòighean-obrach, smachdan agus conaltradh ionmhasail. A' gabhail a-steach, far a bheil sin iomchaidh, a bhith a' tabhann seirbheisean eadar-mheadhanachd no bròcaireachd èifeachdach.
- Rianachd goireis gus taic a chur ri buaidh.
- Eòlas agus rianachd fiosrachaidh èifeachdach.

#### Ceistean dùbhlain

- Dè cho làidir 's a tha ar coileanadh ionmhasail? A bheil sinn a' riarachadh bhuidseatan a rèir phrìomhachasan a tha air am planadh air an taobh a-staigh, gu h-ionadail agus gu nàiseanta? A bheil sinn iomairteach ann a bhith a' faighinn tuilleadh maoineachaidh? Dè cho math 's a tha sinn a' rianachd agus a' lùghdachadh cunnart ionmhasail? Dè cho math 's a tha sinn a' planadh airson seasmhachd ar n-ionmhais?
- Dè cho ioma-chuimseach agus èifeachdach 's a tha ar modhan-obrach agus smachdan ionmhasail? Dè cho math 's a tha sinn a' rianachd maoin nar dreuchd mar bhròcair no mhaoineachair?
- Dè cho math 's a tha sinn a' conaltradh agus a' rianachd cho-dhùnaidhean ionmhasail taobh a-staigh ar buidhne? Dè cho math 's a tha luchd-cumail nam buidseat air an uidheamachadh airson a bhith a' cur an sàs mhodhan-obrach agus smachdan ionmhasail? Dè cho mòr 's a tha am bòrd agus luchd-stiùiridh nam buidhnean air fad an sàs ann a bhith a' dèanamh lèirmheas air suidheachadh ionmhasail na buidhne?
- A bheil ar goireasan a' gabhail a-steach àite-còmhnaidh, uidheam speisealta agus teicneòlas fiosrachaidh, gu leòr, iomchaidh agus ruigsinneach gus coinneachadh ri feumalachdan nan daoine leis a bheil sinn ag obair?
- Dè cho èifeachdach 's a tha na h-ullachaidhean againn airson a bhith a' cruinneachadh, a' stòradh, a' lorg, a' sgrùdadh agus a' luachadh dàta? A bheil na h-ullachaidhean sin a' coinneachadh ri feumalachdan reachdail agus ri feumalachdan na seirbheis?



### **Bidh fianais air builean taisbeanach a' gabhail a-steach ach neo-chuingealaichte dha:**

- Planaichean ionmhasail a tha soilleir agus a tha nan suidhe taobh a-staigh planadh gnìomhachaidh ro-innleachdail nas fharsaing agus a tha a' gabhail a-steach rianachd cunnairt agus ag amas air seasmhachd.
- A bhith soirbheachail ann a bhith a' faighinn maoinachadh agus goireasan eile bho raon fharsaing de stòran.
- Modhan-obrach làidir ionmhasail agus smachdan a bhios a' dèanamh cinnteach gu bheil an teachd-a-steach a bhios am buidheann a' faighinn agus a bhios air a roinn leis a' bhuidhinn air feadhainn eile, a' toirt buaidh dheimhinneach air daoine fa leth, teaghlaichean agus coimhearsnachdan.
- Conaltradh riaghailteach de dh'fhiosrachadh ionmhasail ceart ri na daoine leis a bheil sinn ag obair agus le luchd-ùidh eile.
- Gu bheil ullachaidhean maoinachaidh soilleir agus èifeachdach air an cur air chois leis a' bhuidhinn na dhreuchd mar eadar-mheadhanair, dreuchd toirt thabhartasan no dreuchd bhròcair.
- Gu bheil na goireasan a' coinneachadh ri feumalachdan nan daoine leis a bheil am buidheann ag obair.
- Gu bheil na clàran a' comharrachadh rianachd cunnairt èifeachdach a' gabhail a-steach ullachaidhean airson a bhith a' dìon bhuidhnean so-leònte.
- Fiosrachadh uimhireil agus càileachdail air a chruinneachadh, air a stòradh agus air a chleachdadh gu h-èifeachdach.

### **Dealbh de glè mhath**

- Ullachaidhean airson planadh agus caiteachas ionmhasail trid-shoilleir, a' cleachdadh raon fharsaing de fhiosrachadh coileanadh, a' gabhail a-steach rianachd cunnairt agus ag amas air seasmhachd.
- Buidseatan air an sireadh agus air an roinn gus coinneachadh ri prìomhachasan nan daoine leis a bheil sinn ag obair agus luchd-ùidh eile, a' gabhail a-steach buidhnean maoinachaidh, agus a rèir prìomhachasan na buidhne, ionadail agus nàiseanta. Tha ceanglaichean soilleir eadar caiteachas agus planaichean na buidhne. Tha sinn iomairteach ann a bhith a' sireadh maoinachaidh a choinnicheas nas fheàrr ris na feumalachdan, a' gabhail a-steach feumalachdan a tha ag atharrachadh agus a' tighinn am bàrr, a tha aig na daoine leis a bheil sinn ag obair. San fharsaingeachd tha riarachadh maoinachaidh a' leasachadh bhuidhean.
- Tha sinn soilleir mu na cunnartan ionmhais agus tha smachdan againn nan àite gus na cunnartan sin a lùghdachadh. Tha ìre iomchaidh de chùl-stòr againn.
- Tha stiùirichean na buidhne a' cur gu h-èifeachdach ri sireadh maoinachaidh, planadh, sgrùdadh agus rianachd. Tha iad gu gnìomhach a' sgrùdadh coileanadh a' bhuidseit thairis air seirbheisean na buidhne air fad. Tha cunntasan bliadhna air an ullachadh gu clàr-ama iomchaidh agus air an tuigse le stiùirichean taobh a-staigh na buidhne. Tha modhan-obrach soilleir nan àite gus sònrachadh agus gus dèiligeadh gu h-èifeachdach ri easaontasan ann am buidseat gu sgiobalta.
- Tha an luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach le uallaichean ionmhasail soilleir mu, agus a' leantainn modhan-obrach ionmhasail na buidhne. Tha iad gu h-èifeachdach a' faighinn taic airson seo bhon fheadhainn aig a bheil uallaichean

ionmhasail às leth na buidhne.

- An uair a bhios sinn ag obair ann an dreuchd eadar-mheadhanair, maoineachair no bròcair tha modhan-obrach ionmhasail soilleir agus follaiseach againn, a' gabhail a-steach, far a bheil e riatanach, modhan-obrach sgrùdaidh, a tha air an tuigsinn agus air an leantainn leis na buidhnean sin a bhios a' faighinn maoineachaidh.
- Tha goireasan air am faotainn, air an roinn agus air an cleachdadh gu h-èifeachdach agus gu tàbhachdach gus coinneachadh ri prìomhachasan bhuidhnean, ionadail agus nàiseanta agus feumalachdan nan daoine leis a bheil sinn ag obair. Far a bheil feum air, bidh uidheam agus àite-còmhnaidh speisealta air a chleachdadh gus com-pàirteachas a dhèanamh comasach do dhaoine le feumalachdan eadar-dhealaichte.
- Tha cunnartan air an deagh rianachd; tha seo a' gabhail a-steach ullachaidhean làidir gus dèanamh cinnteach gum bi buidhnean so-leònte air an dìon.
- Tha fiosrachadh air a dheagh chruinneachadh, air a rianachd agus air a chleachdadh gus taic a thoirt don bhuidhinn ann a bhith a' leasachadh bhuilean. Tha na h-ullachaidhean againn a thaobh a bhith a' stòradh, a' cruinneachadh, a' cleachdadh agus a' co-roinn fiosrachaidh a rèir an reachdais. Bidh sinn a' cleachdadh an dàta gu h-èifeachdach gus sgrùdadh, luachadh agus gus taic a thoirt do leasachadh.

Qlan san fhrèam-obrach seo	Ceangailte ri frèam-obrach farsaing Qlan
8.2 Rianachd ionmhais, stòrais, eòlais agus fiosrachaidh	8.2 Rianachd ionmhais Eileamaidean de 8.3 Rianachd stòrais 8.4 Rianachd eòlais agus fiosrachaidh

## Dè cho math 's a tha ar ceannardas ro-innleachdail?

### 9.1 Lèirsinn, luachan agus amasan

Tha an t-slat-tomhais seo a' coimhead ris an dòigh anns a bheil am buidheann ag obair air an taobh a-staigh agus le com-pàirtichean gus lèirsinnean co-roinnte a chruthachadh, mothachadh a thoirt air adhbhar agus stiùireadh a tha àrd-mhiannach, dùbhlanaich agus ag adhartachadh bheachdan deimhinneach a thaobh iomadachd eaconamach, sòisealta agus cultarail. Tha e a' cuimseachadh air an ìre gu bheil lèirsinnean, luachan agus amasan a' stiùireadh planadh airson leasachadh agus mar a tha iad a' toirt buaidh air càileachd nam builean don fheadhainn leis a bheil am buidheann ag obair, an teaghlaichean agus a' choimhearsnachd nas fharsaing a' gabhail a-steach, far a bheil e iomchaidh, aig ìre nàiseanta. Tha e a' buntainn ris a' cheannardas chorporra taobh a-staigh na buidhne agus an dòigh anns a bheil e a' cur an cèill a dhleastanasan gus dèanamh cinnteach à lèirsinnean, luachan agus amasan.

#### Cuspair

- Iomchaidheachd agus co-leanailteas lèirsinn, luachan agus amasan.
- A' co-roinn agus a' dèanamh an lèirsinn seasmhach.
- Ag adhartachadh bheachdan deimhinneach a thaobh iomadachd eaconamach, sòisealta agus cultarail a tha a' toirt dùbhlanaich do leth-bhreith, ag adhartachadh co-ionannachd cothruim agus ag altram deagh chàirdeasan.

#### Ceistean dùbhlain

- Dè an lèirsinn, na luachan agus na h-amasan a tha againn? A bheil feadhainn shoilleir againn airson na buidhne agus airson com-pàirteachas sam bith anns a bheil sinn ag obair? A bheil ar lèirsinn, luachan agus amasan a rèir prìomhachasan ionadail agus nàiseanta?
- Dè cho àrd-amasach agus dùbhlanaich 's a tha ar lèirsinn, luachan agus amasan? Dè cho math 's a tha ar lèirsinn, luachan agus amasan a' coinneachadh ri feumalachdan a tha ag atharrachadh agus a' tighinn am bàrr? A bheil iad a' toirt taic dhuinn gus adhbhar soilleir a chumail ach a bhith sùbailte, cruthachail agus ùr-ghnàthach nar cleachdadh? A bheil iad a' toirt taic do leasachadh agus sàr-mhathais?
- Dè cho comasach 's a tha e do luchd-saor-thoileach agus luchd-obrach a bhith a' cur ri agus a bhith ag obair a dh'ionnsaigh ar lèirsinn, luachan agus amasan? Dè cho math 's a tha sinn a' toirt taic do luchd-ùidh, a' gabhail a-steach na feadhainn leis a bheil sinn ag obair, gus tuigse agus cur ri ar lèirsinn, luachan agus amasan?
- Dè cho math 's a tha sinn ag obair le com-pàirtichean gus a bhith a' leasachadh agus ag obair a dh'ionnsaidh coinneachadh ri co-lèirsinnean, luachan agus amasan? Ciamar a tha fios againn?
- Dè cho math 's a tha ar lèirsinn, luachan agus amasan ag adhartachadh iomadachd eaconamach, sòisealta agus cultarail? A bheil iad a' toirt taic dhuinn gus a bhith a' coinneachadh ri feumalachdan an luchd-ùidh air fad a dh'fhaodadh a bhith againn? Dè cho math 's a tha iad a' cur ri leasachaidhean deimhinneach a thaobh co-ionannachd ruigsinneachd agus cothruim? Ciamar a tha fios againn?
- Dè cho math 's a tha ar lèirsinn, luachan agus amasan ag amas air a bhith a' toirt dùbhlanaich do chlaon-bhreith agus a' cur às do leth-bhreith? Dè cho math 's a tha

iad ag altram deagh chàirdeasan? Ciamar a tha fios againn?

- Dè cho math 's a tha sinn a' coinneachadh ar lèirsinn, luachan agus amasan? Ciamar a tha fios againn? Dè cho math 's a tha sinn a' cur an cèill adhartas agus atharrachadh do ar luchd-ùidh?

### **Bidh fianais air builean taisbeanach a' gabhail a-steach ach neo-chuingealaichte dha:**

- Dàta planaidh agus coileanaidh a tha a' comharrachadh nan ceanglaichean soilleir eadar lèirsinn, luachan agus amasan agus cleachdadh.
- Fianais air tuigse luchd-saor-thoileach agus luchd-obrach agus luchd-ùidh eile, a' cur ri agus a' dèiligeadh ri lèirsinn agus luachan na buidhne.
- Fianais air a chruinneachadh bho chonaltradh le luchd-saor-thoileach agus luchd-obrach aig a h-uile ìre gu bheil iad a' faireachdainn comasach air freagairt agus cur ri amasan na buidhne. Fianais gu bheil seo ag àrdachadh buaidh nan seirbheisean a tha iad a' tabhann.
- Fianais a' sònrachadh gu bheil am buidheann a' dèanamh lèirmheas air agus ag atharrachadh a lèirsinnean, luachan agus amasan, gus coinneachadh ri feumalachdan a tha ag atharrachadh agus a' nochdadh.
- Fianais a tha a' comharrachadh gu bheil lèirsinn, luachan agus amasan na buidhne ag adhartachadh bheachdan deimhinneach a thaobh iomadachd eaconamach, sòisealta agus cultarail, a' toirt dùbhlann do chlaon-bhreith agus leth-bhreith agus ag altram deagh chàirdeasan.
- Fios air ais bho bhuidhnean com-pàirteachais agus bhon fheadhainn dha bheil am buidheann a' toirt taic a' comharrachadh deagh thuigse air lèirsinn, luachan agus amasan na buidhne.
- Fianais de lèirsinn, luachan agus amasan soilleir, air an deagh thuigsinn, air an coileanadh agus air an co-roinn airson obair com-pàirteachais sam bith anns a bheil am buidheann an sàs.

### **Dealbh de glè mhath**

- Tha ar lèirsinn, luachan agus amasan àrd-amasach, dùbhlannach, ag adhartachadh bheachdan deimhinneach a thaobh iomadachd eaconamach, sòisealta agus cultarail, ag atharrachadh claon-bhreith agus leth-bhreith agus ag altram deagh chàirdeasan.
- Tha an lèirsinn, luachan agus amasan a rèir phrìomhachasan ionadail agus nàiseanta agus thathar gan sgrùdadh gu riaghailteach gus coinneachadh ri feumalachdan a tha ag atharrachadh agus ag èirigh. Thathar a' sìor choimhead ri lèirsinn, luachan agus amasan agus gan daingneachadh ann an tachartasan agus gnìomhan agus a-mach à seo tha faireachdainn làidir de dh'adhbhar coitcheann a' nochdadh.
- Tha ar lèirsinn, luachan agus amasan air an cur an cèill gu soilleir do agus air an tuigse leis an luchd-ùidh. Tha cultar comasachaidh na buidhne a' toirt taic do luchd-obrach agus do luchd-ùidh eile a bhith gu gnìomhach a' cur ri agus a' dèiligeadh ris an lèirsinn, luachan agus amasan.
- Bidh sinn ag obair gu h-èifeachdach leis an luchd-ùidh; a' gabhail a-steach com-pàirtichean agus buidhnean dha bheil sinn a' toirt taic, gus cur ri builean tro amasan soilleir, rianail agus co-roinnte. Tha na h-amasan sin air an leasachadh tro bhith a' gabhail a-steach raon fharsaing de luchd-ùidh agus a' cur an cèill gu

soilleir dealas na buidhne a thaobh cultar de chomasachadh, leasachadh, ùr-ghnàthachadh agus sàr-mhathais.

Qlan san fhrèam-obrach seo	Ceangailte ri frèam-obrach farsaing Qlan
9.1 Lèirsinn, luachan agus amasan	9.1 Lèirsinn, luachan agus amasan

## Dè cho math 's a tha ar ceannardas ro-innleachdail?

### 9.2 Dreuchd urrasairean, bùird agus comataidhean riaghlaidh

Tha an t-slat-tomhais seo a' coimhead ri dreuchd bhùird, chomataidhean riaghlaidh agus urrasairean ann am buidhnean treas earrainn. Is e toiseach tòiseachaidh a tha ann dhan fheadhainn a tha ann an dreuchdan dhen t-seòrsa seo, sgrùdadh a dhèanamh air dè cho èifeachdach 's a tha iad, a' gabhail a-steach dè cho math 's a tha iad a' cur ris a' bhuidhinn. Faodaidh slatan-tomhais deagh-ghnè eile an uair sin a bhith air an cleachdadh gus sgrùdadh nas doimhne a dhèanamh air taobhan sònraichte de dh'obair na buidhne. Tha e a' sgrùdadh dreuchd nam feadhainn a tha air a leithid de bhuidhnean a bhith a' toirt buaidh air agus a bhith a' cumail sùil air adhartas na buidhne.

#### Cuspairean

- Nàdar, eòlas agus dreuchd bhùird.
- Ceannardas, riaghladh agus planadh airson atharrachadh.
- A' sgrùdadh coileanadh gus buaidh a leasachadh.
- A' measadh rianachd chunnartan agus a' coinneachadh ri inbhean.

#### Ceistean dùbhlain

- Mar bhuill bùird, dè cho math 's a tha sinn a' riochdachadh na coimhearsnachd agus an luchd-ùidh a tha am buidheann a' frithealadh? Dè cho eadar-mheasgte 's a tha sinn? A bheil sinn a' riochdachadh tar-earrann den choimhearsnachd? Dè cho math 's a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil guthan luchd-ùidh air an cluinntinn?
- A bheil am measgachadh ceart againn de sgilean, eòlas agus ealantas? A bheil sinn ag ionnsachadh bhon chleachdadh a tha aig bùird ann an àiteachan eile agus a' co-roinn ar cleachdadh le feadhainn eile?
- A bheil dreuchdan soilleir againn a tha eadar-dhealaichte bho dhreuchd luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach? A bheil na dreuchdan sin air an tuigsinn agus a' faighinn urram gu co-chòrdail?
- Dè cho math 's a tha sinn a' tabhann riaghladh iomchaidh, no far a bheil e iomchaidh, ceannardas, gus taic a thoirt do lèirsinn, luachan agus amasan na buidhne? Ciamar a tha fios againn?
- Dè cho math 's a tha sinn a' tuigsinn nam builean a tha am buidheann a' feuchainn ri choileanadh? Dè cho math 's a tha sinn a' toirt taic don bhuidhinn a bhith a' leasachadh a' bhuidhne a tha aige? Dè cho math 's a tha sinn a' toirt taic don bhuidhinn gus sùileachadh agus planadh airson atharrachadh?
- Dè cho math 's a tha sinn a' sgrùdadh coileanadh na buidhne agus a rianachd air cunnartan? Dè cho math 's a tha sinn a' tuigsinn agus a' freagairt fiosrachadh ionmhasail, laghail agus eile a bhios air a thaisbeanadh le luchd-obrach agus/no luchd-saor-thoileach?
- A bheil sinn soilleir mu dè cho math 's a tha am buidheann a' coinneachadh ri reachdas, riaghlachadh agus còdan cleachdaidh agus dè cho math 's a tha e ag obair a rèir phoileasaidhean agus stiùireadh? Ciamar a tha fios againn?

### **Bidh fianais air builean taisbeanach a' gabhail a-steach ach neo-chuingealaichte dha:**

- Fianais uimhireil co-cheangailte ri nàdar, frithealadh agus tricead choinneamhan aig a' bhòrd/comataidh/buidheann/urrasairean.
- Fianais chàileachdail mun tuigse a tha aig buill bùird ann a bhith a' cur ri agus a' stiùireadh lèirsinn, luachan agus amasan na buidhne.
- Conaltradh riaghailteach de phlanaichean ionmhasail agus ro-innleachdail agus adhartas co-cheangailte riutha gu buill a' bhùird. Fianais de bhuill bùird a bhith a' toirt dùbhlàn iomchaidh agus a bhith a' sgrùdadh phlanaichean agus coileanadh.
- Fianais a tha a' nochdadh dreuchd bhuill bùird a bhith a' cur ri soirbheachas na buidhne ann a bhith a' coinneachadh amasan agus a' leasachadh bhuilean.
- Fios air ais bho luchd-saor-thoileach, luchd-obrach agus luchd-ùidh a tha a' comharrachadh gu bheil iad a' tuigsinn dreuchd agus tabhartas dheimhinnich buill a' bhùird.

### **Dealbh de glè mhath**

- Tha sinn gu gnìomhach a' sireadh buill bùird le seatan de sgilean sònraichte agus eòlas agus bho chùl-raoin eadar-dhealaichte a tha tàbhachdach a thaobh a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil am buidheann air a rianachd gu h-èifeachdach.
- Tha buill a' bhùird soilleir mu dhreuchd luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach agus a chaochladh. Tha buill bùird ag obair gu h-èifeachdach le luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach agus a' gabhail sùim de an dreuchdan air leth.
- Tha buill a' bhùird a' nochdadh sgilean riaghlaidh làidir agus a' brosnachadh dhaoine eile taobh a-staigh na buidhne. Tha conaltradh eadar am bòrd agus luchd-ùidh fosgailte, follaiseach agus èifeachdach.
- Tha ar lèirsinn, luachan agus amasan air an deagh thuigsinn agus a' faighinn taic bho bhuill a' bhùird. Tha buill a' bhùird dealasach mu bhith a' toirt taic do chomas na buidhne a bhith a' leasachadh bhuilean.
- Tha buill a' bhùird a' faighinn aithisgean de dh'àrd-chàileachd agus gu gnìomhach a' riaghladh adhartas agus coileanadh na buidhne. Bidh iad ag obair gu h-èifeachdach le àrd luchd-obrach/luchd-saor-thoileach gus cunnart a chomharrachadh agus a rianachd.
- Tha buill a' bhùird mothachail air agus a' dol a rèir an uallaichean a thaobh reachdais, riaghailtean agus còdan cleachdaidh.

Qlan san fhrèam-obrach seo	Ceangailte ri frèam-obrach farsaing Qlan
9.2 Dreuchd urrasairean, bùird agus comataidhean riaghlaidh	Eileamaidean de 9.2 Ceannardas agus stiùireadh



## Dè cho math 's a tha ar ceannardas ro-innleachdail?

### 9.3 A' stiùireadh dhaoine agus a' leasachadh chom-pàirteachasan

Tha an t-slat-tomhais seo co-cheangailte ri èifeachdas na buidhne ann a bhith a' togail comas airson ceannardais aig a h-uile ìre taobh a-staigh na buidhne, an cois buidheann sam bith dha bheil e a' toirt taic agus far a bheil e iomchaidh thar na h-earrainn. Tha e a' dèiligeadh ri bhith a' togail càirdeasan obrach deimhinneach agus a bhith a' dèanamh cinnteach à builean soirbheachail le luchd-ùidh agus com-pàirtichean. Tha e a' coimhead cuideachd ri èifeachdas luchd-stiùiridh sa bhuidhinn leithid àrd-luchd-obrach/luchd-saor-thoileach agus bùird-stiùiridh a thaobh ceannardais, co-obrachadh le com-pàirtichean agus comasachd an sgioba luchd-obrach nas fharsainge.

#### Cuspairean

- A' leasachadh comas ceannardais.
- A' togail agus a' dèanamh càirdeasan seasmhach.
- Obair sgioba agus com-pàirteachasan.

#### Ceistean dùbhlain

- Dè an ìre gu bheil ar ceannardas a' toirt taic do fheallsanachd co-roinnte de leasachadh càileachdail agus comasachadh luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach?
- Dè an ìre gu bheil luchd-obrach, luchd-saor-thoileach agus buidhnean sam bith dha bheil sinn a' toirt taic air an comasachadh gus ceannardas iomchaidh a ghabhail thuca fhèin sna raointean obrach aca? Dè cho math 's a tha sinn a' leasachadh nan comasan ceannardais aig luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach aig a h-uile ìre?
- Ciamar a nì sinn cinnteach gu bheil càirdeasan le luchd-obrach, luchd-saor-thoileach agus air an stèidheachadh air earbsa?
- Ciamar a nì sinn cinnteach gu bheil dìcheall agus dealas luchd-obrach, luchd-saor-thoileach agus prìomh chom-pàirtichean a' faighinn cothrom a bhith air an cleachdadh agus air an cuimseachadh air a bhith a' daingneachadh buaidhean nas fheàrr do na daoine agus na coimhearsnachdan leis a bheil sinn ag obair? Ciamar a tha fios againn?
- Dè an ìre gu bheil ar feallsanachd ag adhartachadh obair sgioba thar na buidhne agus le com-pàirtichean eile agus luchd-ùidh?

#### Bidh fianais air builean taisbeanach a' gabhail a-steach ach neo-chuingealaichte dha:

- Planadh agus dàta coileanaidh a tha a' comharrachadh ceannardais èifeachdach.
- Fianais chàileachdail de luchd-obrach, luchd-saor-thoileach agus luchd-ùidh eile a bhith air an comasachadh gus an sgilean ceannardais a leasachadh agus gus dreuchdan ceannardais a ghabhail.
- Fianais air a chruinneachadh bho chonaltradh le luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach aig a h-uile ìre gu bheil iad a' faireachdainn gu bheil iad a' faighinn taic ann a bhith a' gabhail orra dreuchdan ceannardais agus gu bheil seo ag àrdachadh buaidh nan seirbhisean a tha iad a' tabhann.



- Dàta a tha a' toirt comharran seachad mu shoirbheachas na buidhne ann a bhith a' cumail suas no a' leasachadh ceannardais agus obair sgioba taobh a-staigh na buidhne, tro bhuidhnean dha bheil e a' toirt taic agus tro bhith ag obair ann an com-pàirteachas.
- Fios air ais bho bhuidhnean com-pàirteachais agus feadhainn dha bheil am buidheann a' toirt taic a' comharrachadh càirdeasan làidir agus èifeachdach.

### **Dealbh de glè mhath**

- Tha ceannardan sa bhuidhinn leithid àrd-luchd-obrach/luchd-saor-thoileach agus am bòrd-stiùiridh a' cleachdadh raon farsaing de sgilean ceannardais èifeachdach agus a' misneachadh feadhainn eile gus dèanamh cho math 's as urrainn dhaibh.
- Tha cultar de chomasachadh againn a tha a' toirt taic don luchd-obrach air fad, luchd-saor-thoileach, com-pàirtichean agus buidhnean eile dha bheil am buidheann a' toirt taic gus an comasan ceannardais a leasachadh.
- Tha luchd-obrach a' tuigsinn gu bheil prìomh dhreuchd aca ann a bhith a' toirt obair na buidhne air adhart. Tha iad a' faireachdainn comasach agus tha iad misneachail ann a bhith a' cleachdadh iomairt, a' co-roinn uallaich agus a' gabhail ri dreuchdan ceannardais nan raon uallaich. Tha tàlant an iomairt air an aithneachadh agus air an altram.
- Tha càirdeasan sa bhuidhinn, le com-pàirtichean agus le luchd-ùidh eile air an stèidheachadh air earbsa agus spèis.

Qlan san fhrèam-obrach seo	Ceangailte ri frèam-obrach farsaing Qlan
9.3 A' stiùireadh dhaoine is a' leasachadh chom-pàirteachasan	9.3 A' stiùireadh dhaoine is a' leasachadh chom-pàirteachasan

## Dè cho math 's a tha ar ceannardas ro-innleachdail?

### 9.4 A' daingneachadh leasachadh ann an càileachd is buaidh sheirbheisean

Tha an t-slat-tomhais seo co-cheangailte ri mar a tha buidhnean a' dèanamh cinnteach à leasachadh ann an seirbheisean tro fhèin-luachadh, a bhith ùr-ghnàthach agus a' cur ri builean nàiseanta agus ionadail. Tha seo a' gabhail a-steach mar a tha buidhnean le dreuchd eadar-mheadhanair a' toirt taic do bhuidhnean eile a bhith a' cur an cèill na gheibhear a-mach bho fhèin-luachadh gus leasachadh a thoirt fa-near. Tha e a' tabhann bunait airson a bhith a' luachadh dè cho math 's a tha seirbheisean air an luachadh, air an leasachadh agus mar a tha fiosrachadh mun deidhinn air a thoirt do luchd-ùidh. Tha e a' sgrùdadh dè cho mionaideach, cho làidir is cho cunbhalach 's a tha barantachd càileachd na buidhne agus ullachaidhean airson leasachadh.

#### Cuspairean

- A' luachadh fiosrachaidh bho luchd-ùidh.
- A' luachadh builean agus buaidh.
- Ullachaidhean airson cleachdadh meòrachail agus fèin-luachadh.
- Planadh airson leasachadh agus cumail sùil air adhartas.
- A' toirt aithris do luchd-ùidh mu adhartas.

#### Ceistean dùbhlain

- Dè cho èifeachdach 's a tha ar modhan airson a bhith a' luachadh fiosrachaidh bho na daoine leis a bheil sinn ag obair, coimhearsnachdan agus luchd-ùidh eile?
- Dè cho math 's a tha sinn a' luachadh builean ghnìomhan a tha air am planadh? Ciamar a tha fios againn?
- Ciamar a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil am fiosrachadh a tha sinn a' faighinn air ais bho luchd-com-pàirt agus luchd-ùidh a' toirt dhuinn an fhiosrachaidh a dh'fheumas sinn airson leasachadh a dhèanamh?
- Dè na leasachaidhean a tha air a thighinn mar thoradh air cleachdadh meòrachail agus fèin-luachadh?
- Dè na leasachaidhean a tha air a thighinn mar thoradh air planadh?
- Ciamar a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-ùidh air an cumail làn-fhiosraichte mu leasachaidhean?
- Dè cho math 's a tha sinn a' misneachadh bhuidhnean dha bheil sinn a' toirt taic agus com-pàirteachasan a tha sinn a' stiùireadh a bhith a' luachadh airson leasachadh?

#### Bidh fianais air builean taisbeanach a' gabhail a-steach ach neo-chuingealaichte dha:

- Dàta càileachdail bho fhios air ais bho luchd-ùidh.
- Dàta bho bhuidhinn maoinichte a' nochdadh fèin-luachadh rianail.
- Fianais a tha a' nochdadh gu bheil cearcall de fhèin-luachadh ann agus a' cur ri planadh anns gach buidheann.
- Fianais de phrìomhachasan obrach agus dòighean obrach air an atharrachadh a rèir fianais a fhuair bho fhèin-luachadh.
- Eisimpleirean de dh'fhios air ais a bhith air a libhrigeadh do luchd-ùidh.

#### Dealbh de glè mhath

- Bidh sinn a’ cleachdadh grunnan mhodhan èifeachdach gus fios air ais fhaighinn bho na daoine leis a bheil sinn ag obair agus bho luchd-ùidh eile.
- Tha luachadh mionaideach, farsaing, rianail agus follaiseach.
- Tha ar luchd-obrach gu rianail a’ luachadh nam builean agus buaidh nan seirbheisean a tha iad a’ tabhann.
- Tha ar luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach a’ meòrachadh gu tric air an cleachdadh agus a’ dèanamh leasachaidhean.
- Tha fèin-luachadh air a dhèanamh aig amannan riaghailteach a’ cleachdadh frèaman-obrach fèin-luachaidh agus innealan eile de dh’àrd-chàileachd agus tha leasachaidhean air an dèanamh mar thoradh air seo.
- Tha ullachaidhean èifeachdach againn gus planadh agus cur an sàs leasachaidhean san t-seirbheis.
- Bidh sinn gu riaghailteach a’ cleachdadh raon de mhodhan-obrach èifeachdach gus fios air ais a thoirt mu adhartas do phrìomh luchd-ùidh, a’ gabhail a-steach nan daoine leis a bheil am buidheann ag obair.
- Bidh sinn a’ comasachadh agus a’ brosnachadh bhuidhnean dha bheil sinn a’ toirt taic agus com-pàirteachasan anns a bheil sinn an sàs gus fèin-luachadh a chleachdadh gu h-èifeachdach gus fiosrachadh a thoirt agus buaidhean a leasachadh.

Qlan san fhrèam-obrach seo	Ceangailte ri frèam-obrach farsaing Qlan
9.4 A’ daingneachadh leasachadh ann an càileachd is buaidh sheirbheisean	9.5 A’ daingneachadh leasachadh ann an càileachd is buaidh sheirbheisean

# Pàipearan-taic Feumail



# Pàipear-taic 1: Beag-fhaclair

Ann an co-theacsa na sgrìobhainn seo, tha am briathrachas a chleachd sinn a' ciallachadh:

## Na daoine leis a bheil sinn ag obair

Tha am briathar seo a' dèiligeadh ri neach sam bith a bhios a' cleachdadh seirbheisean buidhne treas earrainn no com-pàirteachas anns a bheil buidheann treas earrainn an sàs. Tha e a' gabhail a-steach, ach chan eil e air a chuingealachadh ri; luchd-dèilig, luchd-ceannachd, clann, daoine òga, inbhich, luchd-ionnsachaidh, luchd-ùidh, com-pàirtichean. Tha e a' gabhail a-steach dhaoine a tha a' faighinn taic bho luchd-saor-thoileach.

## An treas earrann

Tha am briathar 'treas earrann' air a chleachdadh tron ghoireas seo gus a bhith a' ciallachadh iomadachd farsaing agus beairteach de buidhnean a' gabhail a-steach; buidhnean coimhearsnachd, buidhnean saor-thoileach, carthannasan, iomairtean sòisealta, co-chomainn, urrasan leasachaidh agus luchd-saor-thoileach fa leth.

## Buill bùird

Tha am briathar 'buill bùird' air a chleachdadh gus a bhith a' gabhail a-steach urrasairean, buill bùird, comataidhean stiùiridh. Faodaidh e cuideachd a bhith air a chleachdadh gus a bhith a' gabhail a-steach buidhnean comhairleachaidh ged a thathar ag aithneachadh gu bheil inbhe laghail eadar-dhealaichte aca.

## Buidhnean dha bheil sinn a' toirt taic

Tha am briathar seo a' buntainn ri buidhnean a tha a' faighinn taic ann an dòigh air choreigin bhon bhuidhinn. Tha e a' dèiligeadh ri obair bhuidhnean a tha ag obair mar bhuidheann eadar-mheadhanair no buidhnean a tha mar sgàilean, aig a bheil buidhnean ballrachd, fo-bhuidhnean no a tha ann an dòigh sam bith a' toirt taic do fheadhainn eile ann a bhith a' libhrigeadh sheirbheisean do dhaoine agus/no do choimhearsnachdan. Faodaidh e cuideachd a bhith a' gabhail a-steach buidhnean neo-eisimeileach no leth-neo-eisimeileach leis am bi am buidheann a' dèanamh ceangal ann an dòigh reachdail no thaiceil leithid buidhnean 'Caraidean de'.

## Luchd-saor-thoileach

Tha am briathar seo air a chleachdadh gus a bhith a' gabhail a-steach a h-uile neach a tha a' cur ris a' bhuidhinn ach nach eil a' faighinn pàigheadh. Bidh e a' gabhail a-steach a h-uile neach saor-thoileach. Faodaidh e cuideachd a bhith a' gabhail a-steach feadhainn eile leithid buill bùird, urrasairean, buill comataidh stiùiridh, feadhainn air buidhnean comhairleachaidh, inntearnach nach eil pàighte, feadhainn air greisean-gnìomhachais, feadhainn a tha a' dèanamh seirbheis coimhearsnachd, feadhainn a tha togail airgid gu saor-toileach, luchd-cuideachaidh, feadhainn a tha air a thighinn bho bhuidhnean eile airson greis (a' gabhail a-steach na seirbheisean agus gnothachasan).

## Feartan a tha air an dìon

Is iad na feartan a tha air an dìon anns an Achd Co-ionannachd (2010); aois, ciorram, atharrachadh gnè, pòsadh agus com-pàirteachas sìobhalta, leatromachd agus màthaireachd, cinneadh, creideamh agus cràbhachd, gnè agus claonadh gnèitheil.

## Pàipear-taic 2: Ceanglaichean feumail

### **ACAS**

Airson fiosrachadh mu dhàimhean le luchd-obrach agus comhairle HR.

<http://www.acas.org.uk/index.aspx>

### **ACOSVO – Duilleag mu ar deidhinn**

Fòram airson ceannardan agus àrd-oifigearan san treas earrainn ann an Alba.

<http://www.acosvo.org.uk/about-acosvo>

### **A' Dealbhadh agus a' Luachadh Eadar-theachdan Atharrachaidh Dòigh-giùlain.**

Tha an sgrìobhainn seo a' sealltainn modh-obrach 'modal loidsig' a thaobh luachadh air eucoir agus ceartas ach dh'fhaodadh e a bhith air a chleachdadh ann an dòigh nas fharsaing.

<http://www.gov.scot/Goireas/0047/00472843.pdf>

### **Stiùireadh nan uile a thaobh Coimisean Co-ionannachd agus Còraichean Daonna**

Fiosrachadh mu fheartan air an dìon agus beag-fhaclair.

<http://www.equalityhumanrights.com/private-and-public-sector-guidance/guidance-all>

### **Taic Luachaidh na h-Alba - Duilleag luachaidh**

Tha an làrach seo a' toirt fiosrachadh agus goireasan mu fhèin-luachadh. Tha e a' toirt tuilleadh fiosrachaidh mu bhith a' stèidheachadh bhuilean, a' cruinneachadh fiosrachaidh, a' dèanamh anailis agus a' clàradh, agus ag ionnsachadh bho na chaidh fhaighinn a-mach.

<http://www.evaluationsupportscotland.org.uk/evaluation/>

### **Còd Deagh Riaghladh**

Ceangal ris a' ghoireas Còd Deagh Riaghladh

<http://www.governancecode.org/>

### **OSCR – A' stiùireadh do charthannais**

Faigh tuilleadh a-mach mu dhleastanasan urrasair, a' dèanamh atharrachaidhean ris a' charthannas agad, sgrùdadh bliadhnail agus msaa.

<http://www.oscr.org.uk/charities/managing-your-charity>

### **Comhairle na h-Alba airson Buidhnean Saor-thoileach – A' stiùireadh na buidhne agad**

Fiosrachadh mu raon fharsaing de chuspairean a' gabhail a-steach stiùireadh ionmhais, reachdais, stiùireadh luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach agus tachartasan trèanaidh.

<http://www.scvo.org.uk/running-your-organisation/>

## **Riaghaltas na h-Alba- Builean nàiseanta**

Duilleag-eadar-lìn Riaghaltas na h-Alba far a bheil iad a' toirt geàrr-iomradh air na 15 builean nàiseanta le ceanglaichean gus tuilleadh fiosrachaidh a thoirt mu gach fear dhiubh.

<http://www.gov.scot/About/Performance/scotPerforms/outcomes>

## **Gnìomh Saor-thoileach Alba – Fiosrachadh mu TSlan**

Fiosrachadh mu eadar-aghaidhean treas earrainn agus mar as urrainn dhaibh taic a thoirt dhan bhuidhinn agad.

<http://www.vascotland.org/tsis>

## **Saor-thoileach Alba – Duilleag nam Buidhnean**

Far am faigh thu fiosrachadh mu thaic phractaigeach do bhuidhnean aig a bheil luchd-saor-thoileach.

<http://www.volunteerscotland.net/buidhnean/>

Cuid de phrìomh sgrìobhainnean a dh'fhaodadh a bhith feumail dhut:

### **Ga fhaighinn ceart airson a h-uile leanabh (GIRFEC)**

<http://www.gov.scot/Topics/People/Young-People/gettingitright/background>

### **An Curraicealam airson Sàr-mhathais**

<http://www.educationscotland.gov.uk/learningandteaching/thecurriculum/whatiscurriculumforexcellence/index.asp>

### **Foghlam Alba - Com-pàirteachasan airson Ionnsachadh**

[https://www.education.gov.scot/scottish-education-system/policy-for-scottish-education/policy-drivers/cfe-\(building-from-the-statement-appendix-incl-btc1-5\)/What%20is%20Curriculum%20for%20Excellence?](https://www.education.gov.scot/scottish-education-system/policy-for-scottish-education/policy-drivers/cfe-(building-from-the-statement-appendix-incl-btc1-5)/What%20is%20Curriculum%20for%20Excellence?)

Frèaman-obrach fèin-luachaidh eile aig Foghlam Alba

### **Dè cho math 's a tha Ar n-Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd?**

<https://education.gov.scot/improvement/Pages/frwk4hgiocommunitylearning.aspx>

### **Dè cho math 's a tha Ar Cultar agus Spòrs?**

<https://education.gov.scot/improvement/Pages/frwk13-hgiocultureandsport2.aspx>

### **Dè cho Math 's a tha An Sgoil Againn?**

<https://education.gov.scot/improvement/Pages/frwk2hgios.aspx>

### **Rianachd Càileachdail ann am Foghlam**

<https://www.education.gov.scot/Documents/QualityManagementinEducation2.pdf>

## Pàipear-taic 3: Frèam-obrach airson a bhith a' Luachadh Càileachd Sheirbheisean is Bhuidhnean (Frèam-obrach Farsaing)

Tha an sgrìobhainn seo stèidhichte air an Fhrèam-obrach airson a bhith a' Luachadh Càileachd Sheirbheisean is Bhuidhnean (am Frèam-obrach Farsaing). Tha am frèam-obrach mar bhunait airson iomadh modal luachaidh sna seirbheisean poblach agus san treas earrainn.

Tha am Frèam-obrach Farsaing a' solarachadh structar rianail airson fèin-luachaidh. Tha e stèidhichte gu mòr air a' phrionnsabal gur e an dòigh as èifeachdaich air a bhith a' leasachadh inbhean a bhith a' cleachdadh measgachadh de fhèin-luachadh stèidhichte gu daingeann air fianais, taobh ri taobh ri sgrùdadh no lèirmheas neo-eisimeileach on taobh a-muigh.

Tha am Frèam-obrach Farsaing coitcheann. Chan eil e airson aon seòrsa structar sònraichte de bhuidheann, no seòrsa no meud. Faodaidh e a bhith air a chleachdadh air fad, no faodaidh slatan-tomhais deagh-ghnè a bhith air an taghadh gus a bhith a rèir adhbhar bhuidhnean fa leth agus coinneachadh ri feumalachdan sònraichte an luchd-ùidh. Faodaidh slatan-tomhais deagh-ghnè cuideachd a bhith air an taghadh airson sgrùdadh on taobh a-muigh no airson teisteanachadh. Faodaidh am frèam-obrach cuideachd a bhith air a chleachdadh còmhla ri grunnan mhodalàn càileachd eile agus duaisean, mar eisimpleir, Frèam-obrach Leasachaidh Seirbheis Poblach (PSIF) Creideas nar Cosnaichean, Duais Sàr-sheirbheis Luchd-ceannachd agus ISO 9001 (Biùro Measaidh Bhreatainn). Faodaidh e a bhith air a chleachdadh le seirbheisean fa leth, ach bidh luach sònraichte aige an uair a tha solar air a luachadh thairis air com-pàirteachasan.

Faodaidh am frèam-obrach cuideachd a bhith air a chleachdadh a rèir cuspair le bhith a' sònrachadh prìomh shlatan-tomhais deagh-ghnè no eileamaidean airson adhbhar sònraichte. Tha am Frèam-obrach Farsaing air ullachadh fo shia cuspairean aig àrd-inbhe a tha ga dhèanamh comasach luachadh rianail a dhèanamh air càileachd nan seirbheisean thairis air deich prìomh raointean eadar-cheangailte. Tha na sia cuspairean aig àrd-inbhe a' cuimseachadh an toiseach air builean a ghabhas an taisbeanadh agus buaidh buidheann no seirbheis, agus an uair sin coimhead ris na prìomh raointean a tha a' cur riutha sin.

### Mar a tha e a' ceangal ri Dè cho math 's a tha am buidheann treas earrann?

Aig deireadh gach fear de na slatan-tomhais deagh-ghnè (Qlan) sa ghoireas seo chì thu bogsa air leth. Sa bhogsa seo tha cunntas air a thoirt air na slatan-tomhais deagh-ghnè san Fhrèam-obrach Farsaing ris a bheil buntanas aig an QI seo. Fon gheàrr-dhealbh den Fhrèam-obrach Farsaing chì thu clàr leis na Qlan air fad ann an HGIOTSO? agus na Qlan dham buin iad san Fhrèam-obrach Farsaing.



Dè na prìomh bhuilean a tha sinn air a choileanadh?

Dè cho math 's a tha sinn a' coinneachadh ri feumalachdan ar luchd-ùidh?

Dè cho math 's a tha ar libhrigeadh de phrìomh phròiseasan?

Dè cho math 's a tha ar rianachd gnìomhachaidh?

Dè cho math 's a tha ar ceannardas ro-innleachdail?

### 1. 1. Prìomh bhuilean coileanadh

- 1.1 Leasachaidhean ann an coileanadh
- 1.2 Cumail ri prionnsabalan reachdail agus coileanadh dhleastanasan reachdail

Dè an comas a tha againn airson leasachadh?

### 10. Comas airson leasachadh

Breithneachadh cruinneil stèidhichte air fianais sna prìomh raointean air fad, gu sònraichte, builean, buaidh agus ceannardas.

### 2 Buaidh air luchd-cleachdaidh na seirbheis

- 2.1 Buaidh air na daoine còmhla ris a bheil sinn ag obair

### 3 Buaidh air luchd-obrach

- 3.1 Buaidh air luchd-obrach

### 4 Buaidh air a' choimhearsnachd

- 4.1 Buaidh air a' choimhearsnachd ionadail
- 4.2 Buaidh air a' choimhearsnachd san fharsaingeachd

### 5. Libhrigeadh prìomh phròiseasan

- 5.1 A' libhrigeadh sheirbheisean
- 5.2 A' leasachadh a' rianachd agus a' toirt air adhart càirdeasan le luchd-cleachdaidh sheirbheisean agus luchd-ùidh eile
- 5.3 In-ghabhail co-ionannachd agus cothromachd

### 6. Rianachd gnìomhachaidh

- 6.1 Sgrùdadh poileasaidh agus leasachadh
- 6.2 Com-pàirteachas luchd-cleachdaidh na seirbheis agus luchd-ùidh eile
- 6.3 Planadh prìomh phròiseasan

### 7. Luchd-obrach

- 7.1 Rianachd agus cleachdadh luchd-obrach
- 7.2 Ionnsachadh proifeiseanta fad-dhreuchd

### 8. Com-pàirteachasan agus stòrasan

- 8.1 Obair com-pàirteachais
- 8.2 Rianachd ionmhais
- 8.3 Rianachd stòrais
- 8.4 Rianachd eòlais agus fiosrachaidh

### 9. Ceannardas ro-innleachdail

- 9.1 Lèirsinn, luachan agus amasan
- 9.2 Ceannardas agus stiùireadh
- 9.3 A' stiùireadh dhaoine is a' leasachadh chom-pàirteachasan
- 9.4 Ceannardas de ùr-ghnàthachas, atharrachadh agus leasachadh
- 9.5 A' daingneachadh leasachadh ann an càileachd is buaidh sheirbheisean

Qlan san fhrèam-obrach seo	Ceangal ri QI/an frèam-obrach farsaing
1.1 Leasachaidhean ann an coileanadh	1.1 Leasachaidhean ann an coileanadh
1.2 Cumail ri prionnsabalan reachdail agus coileanadh dhleastanasan reachdail	1.2 Cumail ri prionnsabalan reachdail agus coileanadh dhleastanasan reachdail
2.1 Buaidh air na daoine còmhla ris a bheil sinn ag obair	2.1 Buaidh air luchd-cleachdaidh na seirbheis Eileamaidean de 6.2 Com-pàirteachas de luchd-cleachdaidh na seirbheis agus luchd-ùidh eile
2.2 Buaidh air na buidhnean dha bheil sinn a' toirt taic	2.1 Buaidh air luchd-cleachdaidh na seirbheis
3.1 Buaidh air luchd-obrach agus luchd-saor-thoileach	3.1 Buaidh air luchd-obrach agus eileamaidean de 7.1 Rianachd agus cleachdadh luchd-obrach agus 7.2 Ionnsachadh proifeiseanta fad-dhreuchd
4.1 Buaidh air coimhearsnachdan	4.1 Buaidh air a' choimhearsnachd ionadail
4.2 Dol an sàs leis a' choimhearsnachd san fharsaingeachd	4.2 Buaidh air a' choimhearsnachd san fharsaingeachd agus eileamaidean de 9.4 Ceannardas de ùr-ghnàthachas, atharrachadh agus leasachadh
5.1 A' lìbhrigeadh sheirbheisean	5.1 A' lìbhrigeadh sheirbheisean
5.2 In-ghabhail, co-ionannachd agus cothromachd	5.3 In-ghabhail, co-ionannachd agus cothromachd
6.1 Planadh, sgrùdadh poileasaidh agus leasachadh agus com-pàirteachas le luchd-ùidh ann am prìomh phròiseasan	Eileamaidean de 6.1 Sgrùdadh poileasaidh agus leasachadh, 6.2 Com-pàirteachas luchd-cleachdaidh na seirbheis agus luchd-ùidh eile 6.3 Planadh de phrìomh phròiseasan
8.1 Ag obair ann an com-pàirteachas	8.1 Ag obair ann an com-pàirteachas
8.2 Rianachd ionmhais, stòrais, eòlais agus fiosrachaidh	8.2 Rianachd ionmhais Eileamaidean de 8.3 Rianachd stòrais 8.4 Rianachd eòlais agus fiosrachaidh
9.1 Lèirsinn, luachan agus amasan	9.1 Lèirsinn, luachan agus amasan
9.2 Dreuchd urrasairean, bùird agus comataidhean riaghlaidh	Eileamaidean de 9.2 Ceannardas agus stiùireadh
9.3 A' stiùireadh dhaoine is a' leasachadh chom-pàirteachasan	9.3 A' stiùireadh dhaoine is a' leasachadh chom-pàirteachasan
9.4 A' daingneachadh leasachadh ann an càileachd is buaidh sheirbheisean	9.5 A' daingneachadh leasachadh ann an càileachd is buaidh sheirbheisean

# Pàipear-taic 4: Tuilleadh mu fhèin-mheasadh; 3 prìomh cheistean, 3 prìomh cho-phàirtean, agus triantanachadh

Tha trì ceistean aig cridhe fèin-luachaidh:

## Ciamar a tha sinn a' dèanamh?

- A bheil sinn a' tabhann seirbheisean/gnìomhan/cothroman a tha iomchaidh, so-ruigsinneach de dh'àrd-chàileachd?
- A bheil sinn a' seatadh agus a' coileanadh amasan àrd-mhiannach airson ar gnìomhan/obair/seirbheisean?
- A bheil sinn gu rianail a' leasachadh càileachd ar gnìomhan/obair/seirbheisean?

## Ciamar a tha fios againn?

- A bheil sinn a' cruinneachadh fianais airson measadh mar a tha sinn a' coileanadh?
- A bheil sinn a' sìor thomhais agus a' luachadh buaidh nan seirbheisean/gnìomhan/cothroman a tha sinn a' tabhann?

## Dè a tha sinn a' dol a dhèanamh a-nis?

- A bheil sinn a' cleachdadh na fianais a tha sinn air a chruinneachadh gus taic a thoirt do ghnìomhan/obair/seirbheisean aig a bheil builean làidir agus ag atharrachadh nam feadhainn aig a bheil feum air tuilleadh leasachaidh?
- A bheil sinn a' cleachdadh fianais làidir gus planadh airson leasachaidhean san àm ri teachd gus am bi iad a' coinneachadh anns an dòigh as fheàrr ri feumalachdan nan daoine agus luchd-ùidh eile leis a bheil sinn ag obair?

## Is iad na trì pàirtean de chultar luachaidh agus leasachaidh:


- **A' coimhead a-steach** – coileanadh a luachadh aig a h-uile ìre agus am fiosrachadh a chaidh a chruinneachadh a chleachdadh gus a thighinn gu co-dhùnadh mu dè a dh'fheumas a bhith air a dhèanamh gus leasachadh a dhèanamh;
- **A' coimhead a-mach** – ionnsachadh bho dhaoine eile, rannsachadh, an cleachdadh as fheàrr agus seo a chur an sàs gus ùr-ghnàthachadh agus cruthachalachd fhurastachadh agus gus gnìomhan leasachaidh fhiosrachadh;
- **A' coimhead air adhart** – sgrùdadh dè a dh'fhaodadh tachairt san àm ri teachd agus am fiosrachadh seo a chleachdadh gus faicinn dè an t-atharrachadh a tha riatanach gus dèanamh cinnteach gu bheil am buidheann a' freagairt air feumalachdan a bhios ann san àm ri teachd.

## Triantanachadh (a' cruinneachadh fianais)

Tha fèin-luachadh a' gabhail a-steach a bhith a' cruinneachadh fianais a dh'innseas dhuinn dè cho math 's a tha sinn a' coinneachadh ri feumalachdan nan daoine leis a bheil sinn ag obair agus luchd-ùidh eile, agus dè an t-eadar-dhealachadh a tha sinn

a' dèanamh do chlann, inbhich, teaghlaichean agus coimhearsnachdan. Tha ceithir prìomh thùsan ann às an urrainn fianais a bhith air a thoirt agus is iad sin:

- dàta coileanaidh;
- obair-pàipeir iomchaidh;
- beachdan luchd-ùidh agus fios air ais; agus
- mothachadh dìreach de chleachdadh.



Cha bhi aon tùs leis fhèin gu leòr airson fianais làidir a thoirt seachad agus mar sin bidh fèin-luachadh math a' gabhail a-steach measgachadh de dh'fhianais bho raon de thùsan. Tha am prionnsabal triantanachaidh air a bhith air fheuchainn agus air a dhearbhadh thairis air iomadh bliadhna. Tha e a' gabhail a-steach a bhith a' coimhead ri aon tùs de fhianais, le taic bho fhear eile agus air aontachadh le treas loidhne de sgrùdadh.

### Dàta coileanaidh

Mar eisimpleirean de dhàta coileanaidh bhiodh fiosrachadh àireamhail co-cheangailte ri builean ionadail agus nàiseanta.

### Obair-pàipeir iomchaidh

Mar eisimpleirean de dh'obair-pàipeir iomchaidh bhiodh aithris air lèirsinn, luachan agus amasan na buidhne, planaichean leasachaidh agus aithisgean mu choileanadh poblach.

### Beachdan luchd-ùidh

Faodaidh fiosrachadh a bhith air a chruinneachadh gu rianail an uair a bhios na daoine leis a bheil sinn ag obair a' faighinn agus a' cleachdadh nan seirbheisean. Bu chòir fiosrachadh a bhith air a chruinneachadh gu rianail cuideachd bho fheadhainn nach eil gan cleachdadh agus bho bhuidhnean coimhearsnachd. Bu chòir do mhodhan-obrach a bhith aig buidhnean airson a bhith a' sgrùdadh beachdan dhaoine leis a bheil sinn ag obair agus luchd-ùidh eile, a' cleachdadh cheisteachain agus/no buidhnean cuimseachaidh.

Ge bith dè am modh-obrach a thèid a chleachdadh, tha a bhith a' cruinneachadh fiosrachaidh bho na daoine leis a bheil sinn ag obair na phàirt riatanach den phròiseas fèin-luachaidh. Às aonais, bhiodh e air leth doirbh do bhuidhnean buaidh an cuid obrach a thuigsinn. Cha mhòr nach eil e do-dhèante earbsa sam bith a bhith

agaibh ann am builean fèin-luachaidh às aonais a bhith a' cleachdadh beachdan nan daoine leis a bheil sinn ag obair.

### Mothachadh dìreach

Tha mothachadh dìreach a' gabhail a-steach luchd-luachaidh a bhith a' tadhal air gnìomhan agus a bhith a' gabhail ealla ris na tha luchd-obrach/luchd-saor-thoileach a' dèanamh agus builean luchd-com-pàirteachaidh mar a tha iad a' tachairt. Bhiodh seo a' gabhail a-steach a bhith a' coimhead ri modalan libhrigidh, dòighean-obrach agus goireasan cho math ri togradh nan daoine leis a bheil sinn ag obair.

Tha mòran innealan, ghoireasan agus bhuidhnean ann as urrainn do chuideachadh a bhith ag ionnsachadh tuilleadh mu fhèin-mheasadh agus planadh airson leasachadh. Tha ceanglaichean airson cuid de na buidhnean as urrainn do chuideachadh le seo ann am Pàipear-taic 2.

## Pàipear-taic 5: An sgèile sia-puing

Is toil le cuid de bhuidhnean agus chom-pàirteachasan a bhith a' measadh an coileanadh ri sgèile. Is e an sgèile a leanas a bhios Foghlam Alba a' cleachdadh. Chan fheumar a chleachdadh, ach cleachd e ma bhios e na chuideachadh dhut nad bhuidhinn no nad chom-pàirteachas a bhith a' measadh no a' tuigsinn do choileanadh.

Ìre 6	sàr-mhath	sàr-mhath no air thoiseach san earrann
Ìre 5	glè mhath	neartan cudromach
Ìre 4	math	neartan cudromach ach cuid de thaobhan feumach air leasachadh
Ìre 3	riarachail	neartan dìreach beagan nas fheàrr na na laigsean
Ìre 2	lag	laigsean cudromach
Ìre 1	neo-riarachail	laigsean mòra

Faodar luachadh a dhèanamh ann an raon de cho-theacsan. Feumaidh sinn a bhith mothachail gum bi ìrean duaiseachaidh a tha a' cleachdadh sgèile càileachd an-còmhnaidh nas motha na sgil phroifeiseanta seach a bhith na phròiseas teicnigeach. Ach, bu chòir do na stiùiridhean a leanas a bhith air an cleachdadh gu cunbhalach.

Tha luachadh de **sàr-mhath** a' riochdachadh inbhe solair air leth san earrann agus far a bheil fiosrachaidhean agus coileanaidhean nan daoine leis a bheil sinn ag obair de chàileachd air leth àrd. Tha luachadh de **shàr-mhath** a' riochdachadh inbhe solair air leth a tha mar eisimpleir air a' chleachdadh as fheàrr, agus as fhiach a bhith air a cho-roinn nas fharsaing na am buidheann/com-pàirteachas. Tha e a' nochdadh gu bheil ìrean air leth àrd de choileanadh seasmhach agus gun tèid an cumail suas.

Tha luachadh de **glè mhath** a' riochdachadh solair de neartan mòra. Tha glè bheag de raointean ann a tha feumach air leasachadh agus chan eil feumalachdan ann a tha a' lùghdachadh fèin-fhiosrachaidhean luchd-cleachdaidh na seirbheis ann an dòigh chudromach sam bith. Ged a tha luachadh de **glè mhath** a' riochdachadh solair de neartan mòra is e inbhe a tha ann a bu chòir a bhith comasach do na h-uile a choileanadh. Tha e a' gabhail a-steach gum bu chòir leantainn air adhart leis an t-solair gun mhòran atharrachaidh a dhèanamh. Ach, thathar a' sùileachadh gun lean am buidheann/com-pàirteachas ri cothroman leasachaidh a dhèanamh agus strì gu bhith ag àrdachadh a' choileanadh chun na h-ìre sàr mhath.


Tha luachadh de **math** a' ciallachadh solair anns a bheil neartan cudromach, a tha le chèile nas motha na na raointean a tha feumach air leasachadh. Tha luachadh de **math** a' riochdachadh inbhe solair aig a bheil buaidh dheimhinneach mhòr. Ach, tha càileachd fèin-fhiosrachaidhean luchd-cleachdaidh na seirbheis air a lùghdachadh ann an dòigh le feartan a tha feumach air a bhith air an leasachadh. Tha e a' gabhail a-steach gum bu chòir dhan bhuidhinn/com-pàirteachas a bhith a' sireadh dhòighean gus tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air raointean de neart chudromach, agus a bhith gnìomhach ann a bhith a' dèiligeadh ri raointean a tha feumach air leasachadh.

Tha luachadh de **riarachail** a' dèiligeadh ri solair anns a bheil na neartan dìreach beagan nas fheàrr na na laigsean. Tha luachadh de **riarachail** a' comharrachadh gu bheil cothrom aig luchd-cleachdaidh na seirbheis air solair a tha aig ìre gu math bunaiteach. Tha e a' riochdachadh inbhe far a bheil buaidh dheimhinneach air a bhith aig na neartan air fèin-fhiosrachaidhean luchd-cleachdaidh na seirbheis. Ged nach eil na laigsean cudromach gu leòr gus droch bhuidh shusbainteach a thoirt, tha iad a' cur bacadh air càileachd fèin-fhiosrachaidhean luchd-cleachdaidh na seirbheis san fharsaingeachd. Tha e a' cur an cèill gum bu chòir dhan bhuidhinn/chom-pàirteachas a bhith gnìomhach ann a bhith a' dèiligeadh ri raointean anns a bheil laigsean le bhith a' togail air a neartan.

Tha luachadh de **lag** a' ciallachadh gu bheil cuid de neartan san t-solair, ach tha laigsean cudromach ann. Gu coitcheann, dh'fhaodadh luachadh de **lag** a bhith air a ruighinn ann an cuid de shuidheachaidhean. Ged a dh'fhaodadh beagan neartan a bhith ann, dh'fhaodadh laigsean cudromach, leotha fhèin no còmhla, a bhith mòr gu leòr gus fèin-fhiosrachaidhean luchd-cleachdaidh na seirbheis a lùghdachadh ann an dòighean susbainteach. Tha seo a' ciallachadh gu bheil feum air gnìomh luath, structaraichte agus air a phlanadh mar phàirt den bhuidhinn/chom-pàirteachas.

Tha luachadh de **neo-riarachail** a' ciallachadh gu bheil laigsean mòra san t-solair a dh'fheumas dèiligeadh riutha sa bhad. Tha fèin-fhiosrachaidhean luchd-cleachdaidh na seirbheis ann an cunnart ann an dòighean susbainteach. Cha mhòr anns a h-uile cùis, nach fheum luchd-obrach a tha an urra ris an t-solair a tha air a luachadh mar **neo-riarachail** taic bho àrd-mhanaidsearan ann a bhith a' planadh agus a' coileanadh nan gnìomhan a tha riatanach a thaobh leasachadh a choileanadh. Faodaidh seo a bhith a' gabhail a-steach a bhith ag obair còmhla ri luchd-obrach no buidhnean eile anns a' bhuidhinn/com-pàirteachas no nas fharsaing na sin.

## Pàipear-taic 6: Diagram prìomh cheist





**Foghlam Alba**

Taigh Denholm  
Pàirc Gnothachais Almondvale  
Slighe Almondvale  
Baile Dhunlèibhe EH54 6GA

T +44 (0)141 282 5000

E [enquiries@education.scot.nhs.uk](mailto:enquiries@education.scot.nhs.uk)

[www.education.gov.scot.nhs.uk](http://www.education.gov.scot.nhs.uk)